#BBCALBA@10




# 18 19 Aithisg bhliadhnail & aithris nan cunntasan

MG ALBA

A' toirt Gàidhlig thugaibh

# Lèirsinn MG ALBA

Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad is farsaing airson obair chruthachail, ùr-ghnàthach agus den ìre as àirde.

## RÙN

- Geallaidh sinn spionnadh agus brosnachadh a thoirt tron Ghàidhlig agus na meadhanan
- A' toirt Gàidhlig thugaibh

## LUACHAN

- 'S e ar luchd-amhairc ar spionnadh
- Tha sinn daonnan a' sireadh sàr-mhathas nar n-obair
- Tha sinn gar giùlain fhèin le ceartas, follaiseachd agus treibhdhireas
- Tha sinn a' toirt urram is taic do chàch a chèile
- Tha co-obrachadh agus com-pàirteachas aig cridhe ar n-obrach
- Tha MG ALBA a' toirt prìomhachas don luchd-amhairc


MG ALBA

Rathad Shiphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD

26 Ògmhios 2019

Morair Burns
Cathraiche
Ofcom
Taigh Riverside
2A Rathad Southwark Bridge
LUNNAINN
SE1 9HA

A Mhorair Burns, a charaid

**Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan**

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnail Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2019.

Le dùrachd

Ailean Dòmhnullach
CATHRAICHE



2




5



3



4



6

Teachdaireachd a' Chathraiche .......... 7
Lèirmheas an Àrd-Oifigeir .......... 11
Lèirmheas air Gnìomhan & Gnothaichean .. 15
Amasan & Toraidhean .......... 20
Lèirmheas BBC ALBA .......... 25
Lèirmheas Leasachaidh .......... 35
Aithris Riaghlaidh .......... 43
Cunntasan airson na bliadhna
a dhùin 31 Màrt 2019 .......... 47
Tuilleadh Fiosrachaidh .......... 70
An Luchd-obrach .......... 72
Am Bòrd .......... 74
Comhairlichean & Fiosrachadh .......... 77



*Tha àrdachadh air a thighinn a-rithist ann an ìre còrdaidh na seanail am measg an luchd-amhairc Gàidhlig, suas gu 8.4 (a-mach à 10)*



*Ann an 2018-19 chomharraich BBC ALBA 10 bliadhna air an èadhar*

# Teachdaireachd a' Chathraiche

Bha mi air leth toilichte a bhith air mo shuidheachadh mar Chathraiche MG ALBA – Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig airson Alba – bhon Fhaoilleach 2019. An dèidh dìreach beagan mhìosan san dreuchd tha e follaiseach dhomh gu bheil mo cho-obraichean aig MG ALBA, an dà chuid an luchd-obrach agus am Bòrd, air saothrachadh gu soirbheachail agus gu dìcheallach gus dèanamh cinnteach gun lean raon farsaing agus measgaichte de phrògraman Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd air BBC ALBA.

Tha cùisean ag atharrachadh gu luath agus tha MG ALBA air gluasad gu grad gus barrachd a dhèanamh leis na goireasan a tha ann a-cheana. Tha mi taingeil gu bheil seo air leantainn air adhart gu soirbheachas tràth san raon dhidseatach, gu sònraichte a thaobh luchd-amhairc òg Gàidhlig air ùrlaran didseatach a tha – a dh'aindeoin farpais airson an aire – a' faighinn a-mach gu bheil ar susbaint iomchaidh, feumail agus brosnachail. Is e sin ar prìomh adhbhar.

San t-Samhain 2018, aig tachartas sònraichte a chaidh a chumail ann an Dover House ann an Lunnainn (fo aoigheachd Baron Duncan bho Springbank), bha sinn glè thoilichte a bhith a' comharrachadh, còmhla ri ar com-pàirtichean luachmhor agus ar co-obraichean aig a' BhBC, 10 bliadhna air leth soirbheachail den t-seanail telebhisein BBC ALBA. Ach, feumaidh am frèam-obrach san fharsaingeachd airson an t-solair mheadhanan Gàidhlig a bhith air a lèirmheas agus air a bheothachadh. Cha bhi an suidheachadh ionmhais a tha ann an-dràsta, nach eil tèarainte san fhad ùine, gu leòr airson coinneachadh ri còraichean seirbheis phoblach nan daoine a tha sinn a' frithealadh no a' làn dhèiligeadh ris na dùbhlain a tha romhainn. Leis an t-suidheachadh a tha ann an-dràsta, chan eil e comasach ach 25% den chlàr a bhith mar phrògraman a thathar a' faicinn airson a' chiad uair. Tha seo gu math eadar-dhealaichte ris an t-seanail ùir BBC Scotland dhan tug am BBC gealladh nach biodh barrachd air 50% de na bhathar a' craoladh nan ath-chraolaidhean.

Ri linn sin, bheir MG ALBA cuireadh dhan BhBC, Ofcom, Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA a dhol an sàs ann an conaltradh ag amas air a bhith a' tighinn gu rèite ùr a thaobh craoladh Gàidhlig. Tha rèite a' chìs-chraolaidh dhan BhBC mar thaic chalpa chultarail dhan dùthaich. Mar phàirt den chonaltradh, brosnaichidh sinn am BBC gu bhith fosgailte agus follaiseach mu na prionnsabalan agus na co-ghnàthsan a bhithear a' cleachdadh ann a bhith a' riarachadh ghoireasan air craoladh Gàidhlig, agus mar a bhithear a' dèanamh cinnteach gu bheil modh-obrach cothromach ga chleachdadh thar nam mion-chànanan dùthchasail a tha mar phàirt den uallach chultarail san fharsaingeachd a tha aige air feadh na RA.

Tha an tabhartas bliadhnail bho Riaghaltas na h-Alba air a bhith deatamach do shoirbheachas BBC ALBA, an dà chuid mar chraoladair agus mar chruthadair de chothroman eaconamach ann an coimhearsnachdan anns nach eil mòran chothroman cosnaidh. Leis an rèite ùr seo bidh sinn cuideachd ag iarraidh air an riaghaltas gluasad air falbh bho bhith dìreach a' tabhann taic maoineachaidh air stèidh bhliadhnail do MG ALBA gu bhith a' stèidheachadh gealltanas ionmhasail nas fhaide (co-dhiù gu deireadh Cairt Rìoghail a' BhBC) gus cothrom a thoirt do MG ALBA amasan a leudachadh le misneachd agus a dhol an sàs gu mòr san raon a tha ag atharrachadh gu luath ann a bhith a' sgaoileadh agus ag ùrachadh susbaint didseatach.

Anns an eadar-ama, tha sinn gu mòr a' cur fàilte air an leudachadh a tha am BBC air a dhèanamh a thaobh nan naidheachdan aig an deireadh sheachdain agus air taisbeanadh chloinne mar gum biodh beò, air clàr BBC ALBA tràth air an fheasgair. Bha seo, agus a bhith a' gabhail a-steach comadaidh airson a' chiad uair airson iomadh bliadhna, mar fhianais air cruthachalachd riochdairean agus dèanadachd chom-pàirtichean. Ach tha prìomhachasan sheirbheis phoblaich chudromach fhathast gun a bhith air an coileanadh, nam measg an fheum èiginneach a tha ann susbaint ionnsachaidh cànain ùir, ioma-ùrlair a chruthachadh agus tuilleadh susbaint airson luchd-amhairc nas òige.

Tha sinn cuideachd a' coimhead air adhart ri clàr libhrigidh a thaobh amas a' BhBC, a chaidh ainmeachadh gu poblach o chionn dà bhliadhna ann an 2017, mu suas ri 100 uair a thìde de phrògraman a bharrachd gach bliadhna airson BBC ALBA mar thoradh air seilbh san t-seanail ùir BBC Scotland.

Tha e na adhbhar thàmailt an dèidh 10 bliadhna de shoirbheas ann a bhith a' dèanamh phrògraman gu bheil BBC ALBA fhathast mì-leasaichte gu teicnigeach leis gu bheil e air a chraoladh le dealbh le càileachd nas ìsle na tha na seanailean seirbheis phoblach eile. Tha an t-eadar-dhealachadh san t-solair an coimeas ris an t-seanail ùir BBC Scotland gu h-àraidh nochdte ann am prògraman




*Airson a' chiad uair bha na naidheachdan ri fhaighinn airson seachd là san t-seachdain*

spòrs – far a bheil prògraman Beurla a' BhBC ann an Alba ann an càileachd dheilbh Àrd Dheifinisean (HD) ach tha na prògraman Gàidhlig air an libhrigeadh a-mhàin ann an Deifinisean Coitcheann (SD). Chan eil e idir iomchaidh luchd-amhairc na Gàidhlig a bhith a' faighinn seirbheis aig ìre nas isle.

## Tha an luchd-amhairc a bhios ann san àm ri teachd, gu h-àraidh luchd-amhairc nas òige a tha sìor lorg susbaint air ùrlaran neo-loidhneach, a' sùileachadh gun lorg iad an susbaint agus gun cleachd iad e ann an dòighean a tha comasach gu teicnigeach.

Leis gun do chomharraich BBC ALBA 10 bliadhna shoirbheachail san t-Sultain 2018, tha e follaiseach gum bi an obair a tha air thoiseach nas motha na an obair a chaidh a choileanadh roimhe. An co-bhoinn ris a' BhBC, feumaidh sinn dèiligeadh ris na dùbhlain co-cheangailte ri bhith a' lorg susbaint meadhanan Gàidhlig, gus am bi an susbaint againn nas fhasa a lorg agus nas tric air fhaicinn na tha an-dràsta. Sa cho-theacsa sin, tha e tàmailteach gu bheil na seallaidhean air an iPlayer air leantainn orra a' lùghdachadh aig àm nuair a tha meudachadh air a bhith ann san àireamh de dhaoine a tha ag amharc air susbaint goirid Gàidhlig air ùrlaran meadhanan sòisealta.

Tha iomairt Riaghaltas na h-Alba, *Adhartas nas Luaithe*, a thaobh ath-bheothachadh na Gàidhlig a' cur tuilleadh cabhaig san obair againn fhèin agus obair ar com-pàirtichean sna meadhanan Gàidhlig, am BBC. Tha sinn a' toirt taic dhan obair seo gu sònraichte tro ar n-iomairtean FilmG agus LearnGaelic, cho math ri grunnan phròiseactan eile a tha ag amas air a bhith ag altram com-pàirteachas didseatach sa Ghàidhlig agus ann an cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan.

Tha ar com-pàirtichean san roinn riochdachaidh a' leantainn orra a bhith aig cridhe ar n-ùrachadh chruthachail agus ar seirbheis libhrigidh. Tha àireamh chudromach de phrògraman susbainteach air a bhith air an libhrigeadh, a fhuair moladh agus urram mòr bhon luchd-amhairc agus tha mi a' cur meal an naidheachd air gach riochdaire agus gach com-pàirtiche a tha a' dèanamh BBC ALBA na sheirbheis air a bheilear a' cur mòr luach. Bha e air leth math a bhith a' faicinn mar a bha Func agus Bannan, an t-sreath comadaidh agus dràma, a' còrdadh cho mòr ri luchd-amhairc nas òige, a thuilleadh air clàr na Nollaig is Na Bliadhna' Ùire 2018, a bha air leth làidir. Feumaidh mi ainmeachadh gu sònraichte na rinn mo cho-obraichean aig MG ALBA, am BBC agus san roinn chruthachail a rinn uiread airson bliadhna dheireannach a' Chiad Chogaidh Mhòir a chomharrachadh, gu h-àraidh na tachartasan eagallach a thachair ann an 1918 agus madainn na Bliadhna Ùire 1919 ann an Ìle agus Leòdhas. Feumar luaidh shònraichte a dhèanamh cuideachd air na sia ainmeachaidhean a rinneadh airson Duaisean Fèis nam Meadhanan Ceilteach agus na seachd ainmeachaidhean airson Duaisean RTS Alba, a bhios le chèile air an cumail san Ògmhios 2019.

Tha na riochdairean cuideachd a' leantainn air adhart le àireamhan a tha a' sìor mheudachadh de cho-obrachaidhean de shusbaint de dh'àrd luach, san dùthaich seo fhèin agus thall thairis. Tha iad sin mar shusbaint inntinneach do luchd-amhairc na Gàidhlig agus a' toirt taic do dh'fhàs na roinne chruthachail agus aig a' cheann thall a' cruthachadh ghnìomhachasan agus obraichean sheasmhach.

Tha soirbheas BBC ALBA an urra gu mòr ri dìlseachd, sgil is obair chruaidh an luchd-obrach againn fhèin agus an iomadh companaidh neo-eisimeileach agus luchd-dèanaimh phrògraman BBC a bhios a' libhrigeadh ar susbaint. Tha mi air leth taingeil dhaibh air fad airson na tha iad a' cur ris an t-seanail, cho math ri raointean cudromach eile mar FilmG agus LearnGaelic.

Tha mi cuideachd gu mòr an urra ri gliocas, ealantas agus dealas Bòrd MG ALBA. Tha mi airson moladh sònraichte a dhèanamh air Magaidh Choineagan, a sheas sìos mar Chathraiche aig deireadh na Sultain 2018 agus air Catrìona Nic a' Phì a dh'fhàg am Bòrd san t-Samhain 2018, agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' cur fàilte air Marion Nic na Ceàrdaich chun Bhùird san Ògmhios 2019.

## Ceud mìle taing dhuibh uile.



*Lean fàs ann an dèanadas LearnGaelic. Bha seallaidhean duilleig na làraich suas 12% gu 2.5m seallaidhean, bha seiseanan suas 12% gu 862k, agus luchd-cleachdaidh suas 4% gu 294k*



*Chuir MG ALBA in-ionmhas de £479k gu ruige prògraman co-mhaoinichte le sùim iomlan de £4.2m.*

# Lèirmheas an Àrd-Oifigeir

'S e tlachd a th' ann a bhith ag aithris air dèanadas ionmhasail agus gnothachais MG ALBA sa bhliadhna a dhùin 31 Màrt 2019.

Lean am mean-fhàs luath san roinn mheadhain sa bheileas ag obair, gu cruinneil agus gu h-ionadail. Tha bhidio-air-iarrtas agus branndan nam meadhanan sòisealta a' tairgse roghainn a bharrachd do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig. Sa cho-theacsa sin, bha sinn toilichte gun do dh'fhan còrdadh agus mothachadh luchd-amhairc de shusbaint nam meadhanan Gàidhlig aig ìrean àrd, agus gu robh fàs làidir ann an dol an sàs sna meadhanan didseatach Gàidhlig san raon aois sin a tha nas buailtich gun a bhith a' cleachdadh seanailean loidhneach.

Sa Ghearran, thàinig seanail ùr bhon BhBC ag amas air luchd-amhairc ann an Alba. Dh'fhan àireamhan luchd-amhairc BBC ALBA fallain ge-tà, leis an t-seanail a' faicinn fàs ann an ruigse seachdaineach ann an Alba anns gach mìos den chiad trì mìosan de 2019, an coimeas ris an aon àm ann an 2018. Bha seo a' leantainn àrdachadh nochdte ann an luchd-amhairc san raon aois 16-44 sna seachdainean suas chun Nollaige, gu mòr an urra ri dràma agus comadaidh. Tha na toraidhean seo a' sealltainn gu bheil iarrtas làidir ann fhathast airson stuthan Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd agus gum bi ar ro-innleachdan agus ar riochdairean sàr-shoirbheachail ma tha iad air am maoineachadh gu h-iomchaidh, mar a chithear ann am barrachd doimhneachd ann an *Lèirmheas BBC ALBA*.

Air a' bhliadhna, chunnacas a' chiad cho-choimisean eadar an dà sheanail BBC Scotland agus BBC ALBA, agus mar thoradh air sin bidh Solus Productions a' cruthachadh susbaint ann an Gàidhlig agus ann am Beurla air an aon phrìomh chuspair airson clàr foghair an dà sheanail. Gu mì-fhortanach, le BBC Scotland a' craoladh ann an HD agus BBC ALBA fhathast air SD, bidh luchd-amhairc mothachail de dhiofar shusbainteach ann am feabhas dheilbh eadar nam prògraman Beurla agus prògraman Gàidhlig co-choimiseanta seo. Leanaidh MG ALBA le bhith a' putadh am BBC gus craoladh HD a sholarachadh airson BBC ALBA.

Tha dùbhlain shusbainteach fhathast ann do luchd-amhairc prògraman Gàidhlig fhaicinn air iPlayer a' BhBC, far a bheil airgead sanasachd agus furastachadh-lorg a' taobhadh le susbaint de dh'àrd-bhuidseit agus susbaint-Beurla, a' ciallachadh ìsleachadh eile ann an seallaidhean phrògraman fada Gàidhlig air an iPlayer an-uiridh. Tha adhbharan dòchais ann ge-tà, le fàs misneachail ann an dol an sàs agus seallaidhean phrògraman ann an riochd goirid air ùrlaran neo-loidhneach didseatach eile.

## DÈANADAS IONMHASAIL

Ann an 2018-19, chuir MG ALBA £12.4m de shusbaint gu ruige BBC ALBA, àrdachadh de £1.3m bhon bhliadhna roimhe. Bha an àrdachadh seo gu mòr ri linn barrachd phrògraman ùra a bhith air an craoladh thar na bliadhna ionmhais agus bha cuid den seo a' gabhail a-steach prògraman aig luach nas àirde, ann an gnèithean leithid comadaidh agus dràma.

San aon ùine, leudaich am BBC naidheachdan an deireadh sheachdain gu BBC ALBA agus thug iad cruth atharrachadh air prògraman chloinne le bhith a' gluasad bho phrògraman fada gu prògraman goirid, làitheil fo bhranndan CBeebies ALBA agus CBBC ALBA.

Chuir MG ALBA in-ionmhas de £479k gu ruige prògraman co-mhaoinichte le sùim iomlan de £4.2m. Tha co-seilbheach na phrìomhachas a tha a' sìor fhàs cudromach agus sa bhliadhna 2019-20 chithear an tuilleadh obrach san roinn seo, leis an roinn chruthachail a' sireadh chothroman fhaighinn air Maoin an Luchd-amhairc Òga aig an Institiud Film Bhreatainn (BFI) agus Maoin Susbaint Craolaidh Alba Chruthachail.

Rinn tabhartasan a' BhBC agus MG ALBA e comasach 1.9 uairean a thìde de shusbaint ùr gach là a bhith air BBC ALBA, an coimeas ri 1.8 uairean a thìde gach là de nuadh phrògraman a' bhliadhna ron sin.

Sa bhliadhna ionmhais suas gu 31 Màrt 2019, chunnacas crìonadh ann an teachd-a-steach eile, bho £285k gu £236k, ri linn deireadh aonta a bhith a' faighinn cosgaisean air ais airson prògraman co-roinnte le BBC Scotland.

Tha na toraidhean ionmhasail a' sealltainn easbhaidh de £19.4k. Tha seo a' comharrachadh gluasadan ann an so-mhaoin shuidhichte agus riochdachaidhean a tha fhathast rin craoladh agus mar sin a tha mar thoradh air cìs ìsleachaidh, caiteachas calpa agus gluasadan sa chalpa obrachaidh.

## COILEANAIDHEAN

Choilean MG ALBA na prìomh slatan-tomhais airson na bliadhna, ach a-mhàin seallaidhean air an iPlayer, agus fo-dhèanadas beag mu choinneimh an dùil a bh' ann co-cheangailte ri ruigse seachdaineach na seanail loidhneach.

Chaidh MG ALBA ainmeachadh le Broadcast mar fhear de na h-àiteachan-obrach as fheàrr ann an 2019. Choisinn am buidheann inbhe Òir ann an Creideas nar Cosnaichean Òga agus inbhe Airgid ann an Creideas nar Cosnaichean. Ged a tha na duaisean uabhasach sàsachail, tha e na theisteanas do ar co-obraichean gu bheil barrachd ùidh aca ann a bhith a' toirt fios air ais mu ciamar as urrainn don bhuidheann a bhith a' leasachadh an cuid neartan agus dèiligeadh ris na feumalachdan leasachaidh seo.

Bha mi air mo dhòigh glan gu robh MG ALBA soirbheachail ann a bhith a' glèidheadh chòraichean airson rugbaidh agus ball-coise eadar-nàiseanta nam ban Albannach, a rinn BBC ALBA mar "dhachaigh spòrs nam ban ann an Alba". Thèid geamannan Alba ann an Cupa Cruinne nam Ban san Ògmhios 2019 a shealltainn air BBC ALBA. Tha MG ALBA a-nis cuideachd mar sponsair air Duaisean Bliadhnail Ball-coise nam Ban Albannach.

Thug fàs leantainneach LearnGaelic agus FilmG, ar goireas ionnsachaidh cànain air a ruith ann an com-pàirteachas agus ar pròiseact com-pàirteachas mheadhain didseatach, fianais a bharrachd dhuinn mun iarrtas neo-fhollaiseach a th' ann airson cothrom com-pàirteachas didseatach sa Ghàidhlig. Airson an dà iomairt, chunnacas na h-ìrean a b' àirde a-riamh leis an luchd-cleachdaidh agus tha sinn an dùil gu lean an treand seo.



## TAING

Tha sinn a' leantainn air adhart a' mealtainn taic làidir bho ar maoineadair, Riaghaltas na h-Alba, le maoineachadh air a ghealltainn gu Màrt 2020. Tha am misneachadh a tha sinn air fhaighinn bho na ministearan agus na searbhantan sìobhalta aig Riaghaltas na h-Alba air leth cudromach dhuinn, agus tha sinn glè thaingeil airson an taic a tha iad air a thoirt dhuinn san ùine fhada.

Leanaidh sinn oirnn ag obair còmhla riutha agus com-pàirtichean eile gus ath-bheothachadh na Gàidhlig fhurastachadh fon phròiseact, *Adhartas nas Luaithe*, iomairt sponsaraichte leis an Leas-prìomh Mhinistear gus luathachadh a dhèanamh comasach ann a bhith a' cur an sàs am Plana Nàiseanta Gàidhlig le buidhnean poblach. Nar n-às-chur, cuiridh sinn cudrom sònraichte ann a bhith a' solarachadh barrachd airson daoine òga, clann agus luchd-ionnsachaidh, ag àrach tàlant sgrìobhaidh agus leantainn le bhith ag eadar-nàiseanachadh ar roinn chruthachail.

Bu mhath leam taing a thoirt do luchd-obrach agus do Bhòrd MG ALBA airson an dìlseachd agus an dìcheall. Tha iad an-còmhnaidh àrd-amasach agus air leth taiceil. Am measg an cuid obrach tha a bhith a' co-rèiteachadh agus a' tighinn gu aonta air cùmhnantan, sgrìobhadh chùmhnantan, a bhith dèanamh cinnteach gu bheil co-rèiteachadh ann, a bhith a' coimiseanadh agus a' cur stuthan dhan chlàr, a' cruthachadh agus a' sgaoileadh stuthan goirid airson BBC ALBA, LearnGaelic agus nam meadhanan sòisealta, sgrùdaidhean teicnigeach gus àrd-fheabhas de phrògraman a dhèanamh comasach, manaidseadh nam meadhanan agus an tasglann, a' làimhseachadh sruth-airgid phròiseactan, manaidseadh stiùidio agus goireasan agus iar-riochdachaidh. Air a' bhliadhna a dh'fhalbh, ghabh seo a-steach riochdachadh oidhche dhuaisean FilmG airson BBC ALBA agus turas The One Show leis a' BhBC gu na h-Eileanan an Iar a dhèanamh comasach. A' toirt taic do gach oidhirp a tha seo agus a' dèanamh cinnteach gun tachair iad le riaghlachas freagarrach, smachd ionmhasail agus èifeachdas practaigeach, tha luchd-obrach IT, corporra, ionmhas, rianachd agus buill a' Bhùird – cha ghabh luach a chur air obair gach tè agus fear ann a bhith a' lìbhrigeadh ar dleastanas air fad.

Tha sinn a' leantainn oirnn a' faighinn buannachd bho chom-pàirteachas sàr-mhath agus torrach leis a' BhBC agus tha sinn air leth taingeil do luchd-obrach a' BhBC air fad a tha ann an com-pàirteachas leinn.

Bidh sinn ag obair còmhla ri mòran bhuidhnean ann an co-chòrdaidhean torrach, agus tha sinn a' toirt taing dhaibh uile. Tha iad sin a' gabhail a-steach Cànan Graphics Studio (CGS), a bhios a' co-obrachadh còmhla rinn air FilmG agus tha sinn air leth taingeil airson an cuid obrach, Bòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Comhairle nan Leabhraichean, Sabhal Mòr Ostaig (UHI), Leasachadh Sgilean Alba, roinnean oilthighean Ghlaschu, Dhùn Èideann agus Obar Dheathain, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Iomairt na h-Alba, Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta, agus Co-chòrdadh Riochdairean Cinema agus Telebhisean.

Mu dheireadh, tha sinn gu mòr an urra ris a' choimhearsnachd air leth cruthachail a bhios a' dèanamh ar prògraman Gàidhlig. Tha sinn airson taing a thoirt dhan h-uile neach a tha ag obair air cùl no air beulaibh an sgrion airson an obair chruaidh anns am bi iad an sàs, an dìlseachd, an tàlant agus am proifeiseantachd.




9

Tha luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh nam meadhanan Gàidhlig aig cridhe na cùise: is e urram a tha ann dhuinne a bhith gur frithealadh air fad.

*Tha sinn gu mòr an urra ris a' choimhearsnachd air leth cruthachail a bhios a' dèanamh ar prògraman Gàidhlig*








# Lèirmheas air Gnìomhan & Gnothaichean

'S e dleastanas MG ALBA dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig rim faotainn airson dhaoine ann an Alba.

Tha MG ALBA a' coileanadh a dhleastanas gu ìre mhòr tro BhBC ALBA, an t-seirbheis telebhisein agus ioma-mheadhain Gàidhlig a tha e a' ruith ann an co-bhanntachd leis a' BhBC. Tha aonta laghail eadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus na goireasan a chuireas gach buidheann ris a' phròiseact. Tha a' cho-bhanntachd seo air a stiùireadh le Bòrd na Co-bhanntachd, le Àrd-Oifigear MG ALBA sa chathair.

## AM BÒRD & COMATAIDHEAN

Ann an 2018-19, choinnich Bòrd MG ALBA sia tursan. Bha Magaidh Choineagan sa chathair suas gu 30 Sultain 2018 nuair a leig i dhith a dreuchd air a' Bhòrd. Ghabh Ailean Dòmhnullach thairis mar Chathraiche na buidhne air 1 Faoilleach 2019, le Jo NicDhòmhnaill a' gabhail uallach a' Chathraiche gu h-eadar-amail.

Am measg nam prìomh raointean ris an do dhèilig am Bòrd bha lèirmheas air poileasaidhean; crìoch a chur air lèirmheas air modhan-obrach manaidseadh riosgan na buidhne; cunntachalachd ri, agus co-obrachadh le, prìomh luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach Ofcom, Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA; a' beachdachadh air molaidhean air co-roinneadh ghoireasan a dh'fhaodadh a bhith ann leis an t-seanail ùr BBC Scotland; adhartas air prìomh phròiseactan ro-innleachdail susbaint; ro-innleachdan gus gealltanasan a sheulachadh bhon BhBC agus bho luchd-maoin gus miannan, a chuireas feum air bharrachd ghoireasan sna bliadhnaichean ri teachd, a choileanadh agus lèirmheas air solar ghnè, gu h-àraidh gnèithean comadaidh agus dràma.

Tron bhliadhna, choinnich a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh ceithir tursan, le Daibhidh Brew sa chathair. Bhrosnaich a' Chomataidh an sgrùdadh in-thaigh a chaidh aontachadh airson nan ceithir bliadhna air thoiseach, a' tòiseachadh le sgrùdadh air poileasaidhean agus modhan-obrach mheadhanan sòisealta MG ALBA agus mhol iad dhan Bhòrd modhan-obrach ùr air manaidseadh riosgan na buidhne, a' leantainn co-dhùnadh sgrùdadh in-thaigh air manaidseadh riosg.

Rinn a' Chomataidh cuideachd lèirmheas agus ùrachadh air a' Phoileasaidh Àrainneachd, Am Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd, Am Poileasaidh Solarachaidh & Sgeama Thairgse agus Còd Giùlain nam Ball. Rinn a' Chomataidh lèirmheas air plana trèanaidh a' Bhùird; bha thar-shealladh aca air cur an sàs reachdas ùr GDPR; rinn a' Chomataidh lèirmheas air cùmhnantan sholar sheirbheisean MG ALBA agus lèirmheas air structar luchd-obrach agus dh'aontaich iad ri gnothaichean pàighidh a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba.

Choinnich a' Chomataidh Inbhean ceithir tursan, le Jo NicDhòmhnaill agus Iain Stephen Moireasdan sa chathair. Rinn a' Chomataidh lèirmheas air gnèithean phrògraman BBC ALBA, susbaint cànain ann am prògraman agus tabhartas MG ALBA ri rèidio. Chuir a' Chomataidh fàilte cuideachd air taisbeanaidhean bho thrì chompanaidhean riochdachaidh; bheachdaich a' Chomataidh air làthaireachd MG ALBA air na meadhanan sòisealta; trèanadh, sgilean agus tàlant taobh a-staigh na roinne Ghàidhlig agus seilbheachd na buidhne ann am prògraman dhaoine òga agus rèidio.

Choinnich a' Chomataidh Ainmeachaidh dà thuras, sa Chèitean 2018, le Magaidh Choineagan sa Chathair agus san Fhaoilleach 2019 le Ailean Dòmhnullach sa Chathair. Bheachdaich a' Chomataidh air meatrags sgilean a' Bhùird agus dh'aontaich iad a dhol an sàs ann an còmhraidhean le Ofcom gus dèanamh cinnteach gun tèid cur ri sgilean agus eòlas a' Bhùird tro bhallrachd ùir.

## MAOINEACHADH

Tron bhliadhna, cheadaich maoineachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba ceannachd uidheamachd stiùidio airson stòradh mheadhain dhidseatach agus dol an sàs didseatach; ùrachadh air ideantan BBC ALBA air sgrion; com-pàirteachas ann an co-riochdachaidhean eadar-nàiseanta; trèanadh airson com-pàirtichean FilmG agus ùrachadh ghoireasan ann an oifisean Steòrnabhaigh.

Tha na pasgain fhad-ùine san deachar an sàs ann an 2017-18 a' leantainn le bhith nan cnàimh-droma tro chlàr BhBC ALBA, a' solarachadh 88% de nuadh-phrògraman maoinichte le MG ALBA a chaidh a chraoladh tron bliadhna.

## DÈANADAS IONMHASAIL & OBRACHAIDH

Ann an 2018-19 chosg MG ALBA £9.3m gu dìreach le 25 diofar chompanaidhean riochdachaidh ann a bhith a' cruthachadh 412 uairean a thìde de phrògraman. Den sin, chaidh £8.8m chun na roinne riochdachaidh neo-eisimeilich, mòran dheth an cois pasgan de nithean a bhrosnaicheadh leasachadh tàlant, sgilean agus a' Ghàidhlig.

Chunnacas sa bhliadhna teachd-a-steach airson MG ALBA de £13.6m (2018: £13.8m), le £13.4m (2018: £13.5m) a' tighinn bho thabhartas-gus-cuideachadh Riaghaltas na h-Alba agus £251.8k (2018: £348.5k) bho mhaoin phròiseict agus theachd a-steach airson seirbheisean agus goireasan.

San Aithris air Teachd-a-steach Iomlan aig deireadh na bliadhna bha easbhaidh an dèidh chìsean ann de £19.4k an coimeas ri còrr de £20.2k ann an 2018. Tha seo a' comharrachadh gluasadan ann an so-mhaoin shuidhichte agus riochdachaidhean a tha fhathast rin craoladh agus mar sin a tha mar thoradh air cìs ìsleachaidh, caiteachas calpa agus gluasadan sa chalpa obrachaidh.

Tha an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail aig deireadh na bliadhna a' sealltainn gun robh stoc phrògraman no prògraman a bhathar ag ullachadh ann de luach £3.75m (2018: £4.40m) agus cùl stòr de £75.3k (2018: £37.8k), le chèile a rèir poileasaidh. Tha gealltanasan mòra de £14.6m airson trì bliadhna cuideachd ri fhaicinn am-bliadhna. Tha iad seo a' riochdachadh sa mhòr-chuid cunnraidhean solar phrògraman ioma-bhliadhnail a chaidh aontachadh anns a' chiad leth de 2017 agus a mhaireas gu 2020 no 2021.

Sa bhliadhna, lìbhrig sgiobaidhean obrachaidh agus prògramaidh na seanail 100 uair a thìde de cheangalan agus mu 443 uair a thìde de stuth mheadhanan a bha air an dearbhadh tro sgrùdadh teicnigeach gu robh e deiseil airson a chur a-mach air an t-seanail, a thuilleadh air taic a thoirt do riochdachaidhean agus tachartasan eile leithid FilmG.

## GNÌOMHAN EILE

Tha an t-Aonad Dhidseatach a chaidh a stèidheachadh ann an 2017-18 a' leantainn le bhith soirbheachail ann a bhith a' tàladh dhaoine òga, gu h-àraidh air Facebook, le bhith a' toirt dhaibh stuthan ann an riochd goirid air ùrlaran a bharrachd air TBh. Chòrd seo ris an earrann seo den luchd-amhairc a tha nas buailtiche a bhith a' cleachdadh stuthan neo-loidhneach.

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus le comhairle bho Oilthigh Ghlaschu, lean soirbheas LearnGaelic mar ghoireas ionnsachaidh na Gàidhlig, a' cur an dreuchd dithis luchd-obrach làn-ùine gus leudachadh a dhèanamh air an fhrèam-obrach a chaidh a stèidheachadh ann an 2017-18 airson ghoireasan lèir-chlaisneach a chruthachadh. Chaidh dà sgoilearachd a mhaoineachadh le Sgoil Shamhlachaidh is Lèir-choltachaidh aig Sgoil Ealain Ghlaschu, a' tairgse inntearnas pàighte airson gach oileanach.







11


12

Lean MG ALBA le bhith a' tairgse chothroman leasachaidh do dhaoine òga agus feadhainn eile gluasad a-steach don ghnìomhachas agus airson leasachadh proifeiseanta leantainneach do luchd-cruthachaidh susbaint. Bha MG ALBA an sàs ann a bhith a' cur ri raointean prìomhachais a thaobh sgilean le dà phreantasachd sna meadhanan didseatach, Cùrsa Maighistearachd ann an Sgrìobhadh Ficsean Telebhisein ann an Oilthigh Chaledonia agus greisean gnìomhachais airson oileanaich.

Chaidh susbaint ùr riochdaichte airson BBC ALBA air fad a riochdachadh ann an HD agus a lìbhrigeadh mar faidhlichean bhidio DPP, am fòrmat lìbhrigidh coitcheann airson craoladairean na RA. Tha susbaint teip SD air ath-lìbhrigeadh mar faidhlichean DPP. Chaidh ceanglaichean na seanail a riochdachadh agus a lìbhrigeadh mar shusbaint HD. Ri linn nach eilear a' cumail cheanglaichean cha robh e riatanach a bhith a' gèilleadh gu h-iomlan ri feumalachdan meata-dàta DPP. Ach tha an sruth-obrach riochdachaidh a' ciallachadh nach fheum MG ALBA an cuid phròiseasan atharrachadh ma bhios seo na fheum san àm ri teachd.


13

Tha MG ALBA an ceartuair a' leasachadh sruthan-obrach fèin-obrachail airson atharrachadh agus lìbhrigeadh stuthan bhidio gu seanailean ùra YouTube BBC ALBA agus a' coimhead ri dòighean an ìre de fèin-obrachas nar pròiseas cruinneachaidh cheanglaichean a mheudachadh.

Lean co-fharpais bhliadhnail FilmG air adhart a' toirt taic do chom-pàirteachais mheadhanan ann an sgoiltean agus coimhearsnachdan. Bha a' chuirm a chaidh a chumail san Old Fruitmarket ann an Glaschu sa Ghearran 2019 na shamhla air na sgilean, tàlant agus comas cànain a tha am measg nan daoine òga bho raon farsaing de choimhearsnachdan, sgoiltean, colaistean agus oilthighean.

Sa Mhàrt 2019 thadhail Kate Forbes BPA air oifisean MG ALBA ann an Steòrnabhagh. Fhuair i cuairt de na goireasan agus fhuair i cothrom coinneachadh ris an luchd-obrach chruthachail, còmhradh a dhèanamh le ar preantasachdan ùr-nòsach, agus co-obraichean òga eile, agus ionnsachadh mu na pròiseasan an lùib chruthachadh susbaint agus lìbhrigeadh airson BBC ALBA, na seanailean YouTube a tha an ìmpis tòiseachadh agus na meadhanan sòisealta.

*Ann an 2018-19 chosg MG ALBA £9.3m gu dìreach le 25 diofar chompanaidhean riochdachaidh ann a bhith a' cruthachadh 412 uairean a thìde de phrògraman*



# Amasan & Toraidhean

## Lìbhrigeadh Lèirsinn 2021

**Creideas nar Cosnaichean:** Inbhe Airgid fon freàm-obrach ùr, *Generation 6*

**Creideas nar Cosnaichean Òga:** Inbhe Òir

**An t-àite as fheàrr a bhith ag obair ann an craoladh 2019:** An treas bliadhna leantainneach

**Cbeebies ALBA / CBBC ALBA air fhoillseachadh:** Lìbhrigte leis a' BhBC airson BBC ALBA

**Stuthan fèin-cruthaichte:** Toiseach sheasmhach agus mhisneachail san iomairt gus luchd-cruthachaidh ùr ann an coimhearsnachdan àrach

**Sgrìobhadh:** Taic leantainneach de dh'iomairtean leasachadh sgrìobhaidh aig àrd-ìre, nam measg *Young Films Foundation Residency*

**Tasglann didseatach:** Aonta air a ruighinn le com-pàirtiche airson tasglann didseatach de stuth air a mhaoineachadh le MG ALBA

**Am Plana Gàidhlig Nàiseanta:** A' toirt taic don iomairt *Adhartas nas Luaithe* ann an roinn com-pàirteachaidh dhidseataich agus ionnsachaidh

**Aonta laghail BBC ALBA:** Chaidh dàil a chur ar an ùrachadh a bhathas a' planadh den aonta fhoirmeil

**SpeakGaelic:** Chan eil maoineachadh ann fhathast airson molaidhean airson às-chur ùr a stèidheachadh airson ionnsachadh cànain

**Luchd-amhairc Eadar-nàiseanta:** Cha deach solarachadh a dhèanamh air cothrom do luchd-amhairc thall-thairis

## A' Frithealadh ar Luchd-amhairc

Ann an co-bhoinn leis a' BhBC, seanail telebhisean Gàidhlig aig àrd-ìre a lìbhrigeadh do luchd-amhairc ann an Alba mar sheirbheis PSB airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus mar ghoireas luachmhor agus feumail dhaibhsan nach eil a' cleachdadh na Gàidhlig

**Ruigse BBC ALBA:** Bha ruigse seachdainneil air feadh Alba airson BBC ALBA aig 10.3% (BR: 11.3%)

**Còrdadh BBC ALBA:** Air feadh Alba: 7.5 (a-mach à 10) (BR: 7.4); Luchd-amhairc Gàidhlig: 8.5 (BR: 8.3)

**Mothachadh BBC ALBA:** Air feadh Alba 83% (BR: 84%)

**Aonta le aithrisean bheachdan:** Aonta luchd-amhairc Gàidhlig 8.2 (a-mach à 10)

**Instagram:** Foillseachadh soirbheachail agus buaidh meudaichte

**Dol an sàs agus ruigse nam meadhanan sòisealta:** 2.6m seallaidhean susbaint (BR: 1.24m) = fàs de 110%

**Comadaidh:** Brannd ùr, Func, stèidhichte

**Dol an sàs fa-sgrion:** Meudachadh san àireamh de sgrionaidhean

**Duaisean:** Sùlaisgeir (MacTV) – Teisteanas Airidheachd aig Fèis Eadar-nàiseanta Thelebhisein Chicago; ainmichte aig Duaisean Grierson agus aig an Fhèis Fhilm Eadar-nàiseanta Lochlannach

**YouTube:** Tòisichidh seanailean ùra YouTube as t-Foghar 2019

**Ruigse BBC ALBA:** Bha ruigse am measg a' phrìomh luchd-amhairc aig 59% (BR: 62%) – mu choinneimh targaid de 60%

**LearnGaelic:** +10% meudachadh ann an luchd-cleachdaidh – mu choinneimh targaid de 25%

**iPlayer:** 3.9m (BR: 4.1m) – mu choinneimh targaid de 5m

## Leasachadh agus Dol an sàs

Lìonraidhean èifeachdach a thogail agus ro-innleachdan com-pàirteachais a chur an cèill a bheir fàs air àrainneachd mheadhanan Gàidhlig soirbheachail agus cruthachail

**Co-riochdachaidhean:** Luach de chòrr is £5m mar thoradh air seilbheachd de £800k thairis air 3 bliadhna, agus Maoin Eadar-nàiseanta Ceilteach stèidhichte

**Ullachaidhean co-chleachdadh agus cluba:** Dràma chloinne an EBU a' leantainn; rugbaidh Pro14 air stad

**Tàlant:** Fianais de sgrìobhadairean agus stiùirichean ùra a' tighinn am bàrr: (me, Func agus Bannan)

**FilmG:** A' bhliadhna as soirbheachail fhathast airson còm-pàirteachas

**Greisean-gnìomhachais/preantasachdan:** 6 oileanaich sàmhraidh; 2 phreantasachd ùr-nòsach; 5 greisean-gniomhachais oileanaich; 2 Sgoilearachd/Inntearnach MSc LearnGaelic

**Dol an sàs:** An àireamh a b' àirde a-riamh de thachartasan coimhearsnachd, agus fàs susbainteach ann am fàs stuthan ugc

**Preantasachdan tòiseachaidh:** Sgeama air aontachadh le dùil a thòiseachadh ann an Uibhist agus Barraigh sa bhliadhna acadaimigeach 19/20

## Obrachadh

Dèanamh cinnteach gu bheil siostaman craolaidh agus IT agus às-chur sruthan-obrach gu daonnan a rèir feumalachdan na seanail agus a' ghnothachais

**Ùrachadh lìonra ullamh:** Fulangach iomlan eadar an dà thogalach

**Lìbhrigeadh:** Prògraman agus ceangalan lìbhrigte 100% gèillichte agus ullamh

**Tasglann:** Tòiseachadh soirbheachail de stuthan gu tasglann Gàidhlig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

**Èifeachdasan:** Èifeachdasan sruthan-obrach in-thaigh air an cur an sàs (fo-thiotalan)

**Leantainneachd gnìomhachais:** Deuchainnean soirbheachail gun thrioblaidean

## Ionmhas & Rianachd

Dèanamh cinnteach gu bheil cùisean ionmhasail, laghail, cùmhnantail agus eagrachail air am manaidseadh agus air an cunntasachadh gu h-èifeachdach gu bheil an t-airgead a tha air a chosg a' riochdachadh luach an airgid; agus dòighean teachd-a-steach ùra agus maoineachadh phròiseict a leasachadh

**Gèilleadh bhuidseit:** Coileanta

**Èifeachdasan:** Glèidhte

**Prìomhan Chomharran Ionmhasail:** Coileanta

**Slàinte & Sàbhailteachd:** Coileanta

**Poileasaidh Àrainneachd:** Coileanta

**Cumhachan Malairt:** Gu bhith air an ùrachadh aig an àm iomchaidh



15




16

*Bha e air leth math a bhith a' faicinn mar a bha Func agus Bannan a' còrdadh cho mòr ri luchd-amhairc nas òige*





# Lèirmheas BBC ALBA

Ann an 2018-19 chomharraich BBC ALBA 10 bliadhna air an èadhar – clach-mhìle shònraichte. Chaidh seo a chomharrachadh le grunnan iomairtean inntinneach a bha a' nochdadh slighe nas dàna, ùr-fhasanta dhan t-seanail– foillseachadh CBeebies ALBA agus CBBC ALBA, cruth ùr air ideantan na seanail agus aonta ùr spòrs ann an cruth spòrs nam ban. Chaidh a' chiad sreath chomadaidh sgeidse a chraoladh air an t-seanail, a' cruthachadh àireamhan luchd-amhairc làidir air ùrlaran neo-loidhneach, a thuilleadh air luchd-amhairc loidhneach. San Fhaoilleach 2019, chomharraich sinn ceann-là 100 bliadhna on thachair tubaist na h-Iolaire gu faireachail agus gu cruthachail.

Coltach ri iomadach seanail loidhneach eile, tha dùbhlan mu choinneimh BBC ALBA le ìsleachadh ann an àireamhan luchd-amhairc, gu h-àraidh luchd-amhairc òga. A dh'aindeoin an àrainneachd dhùbhlanach seo, cuide ris an ìre àrd de dh'ath-chraolaidhean air adhbharachadh ri linn fo-mhaoineachadh sònraichte na seanail, bha ruigse seachdaineach chuibheasach air feadh Alba aig 10% agus ruigse seachdaineach le luchd na Gàidhlig aig 59%.

Tha àrdachadh air a thighinn a-rithist ann an ìre còrdaidh na seanail am measg an luchd-amhairc Gàidhlig, suas gu 8.4 (a-mach à 10) – an ìre as àirde bho chaidh an t-seanail air an èadhar.

Bha àrdachadh cuideachd am measg an luchd-amhairc nàiseanta, suas gu 7.5 (a-mach à 10).

Tha oidhirpean a bhith a' cur seilbheachd ann an stuthan airson an luchd-amhairc òg agus na stuthan sin a chleachdadh air ùrlaran eile air a bhith soirbheachail: le bhith a' sealltainn criomag bho ***Func (The Woven Thread)*** chunnacas dùblachadh ann an ruigse Facebook BBC ALBA. Chruthaich an t-sreath cuideachd cha mhòr 5% de ruigse air leth am measg an luchd-amhairc aois 16-44 air an t-seanail loidhneach – a' ciallachadh gun d' fhuairear gu an 5% sin den luchd-amhairc le ***Func*** a-mhàin.

Bha 3.9m seallaidhean air iPlayer a' BhBC airson na bliadhna, le seallaidhean iomlan de 2.6m air Twitter agus Facebook BBC ALBA rè na bliadhna ionmhais. Tha ruigse seachdaineach chuibheasach airson Facebook BBC ALBA aig 63,000. Mar a thachair le ***Func***, chleachdar



17


18


19


20


21


22


23


24

modhan-obrach ioma-ùrlair airson prògraman beò, mar eisimpleir ceòl agus spòrs, far a bheil cleachdadh pìosan beò bho phrògraman, agus stuth bho na meadhanan sòisealta bho thachartasan beò, a' leantainn le bhith a' tàladh dhaoine chun na seanail fhad 's a thathar aig an aon àm a' cruthachadh dol an sàs sna meadhanan sòisealta. Am measg nam pìosan a b' fheàrr bha Còisir Ghàidhlig an Òbain le riochd Niteworks den òran *Am Maraiche 's a Leannan* aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, a chruthaich ruigse Facebook de 107,000. Am measg nam pìosan eile a b' fheàrr bha spòrs: mar eisimpleir ann an geama Albània, far am facas sgioba nàiseanta Albannach nam ban a' faighinn troimhe gu Cupa Cruinne nam Ban, bha ruigse Twitter ann de 49,500. A thuilleadh air stuthan neo-loidhneach bhon t-seanail, tha Aonad Dhidseatach BBC ALBA a' cruthachadh stuthan ùra neo-loidhneach, le taisbeanadh Nollaig, *Oidhche Shàmhach*, a' ruighinn 112,000 neach air Facebook.

Bha tàlant ùr air a thaisbeanadh ann an grunnan phrògraman: ann an sgrìobhadh bha 100 nuadh-sgeidse air ***Func***, 29 luchd-sgrìobhaidh/com-pàirtichean sgrìobhaidh, le 10 sgrìobhadairean Gàidhlig dhiubh sin ùr do ThBh. Thàinig 13 sgrìobhadairean tro iomairt BBC Writersroom Scotland. Tha ***Bannan (Young Films)*** cuideachd na inneal ro-innleachdail cudromach airson a bhith a' leasachadh tàlant agus ri linn sreath a sia, bha e comasach do John Murdo MacAmhlaigh a bhith na Neach-trèanaidh mar Stiùiriche agus do Thormod MacLeòid a bhith na Neach-trèanaidh Os Cionn Sgrìobtaichean. Air an sgrion, thaisbein ***Func*** beairteas de thàlant ùr. Ann am prògraman eile, thàinig Kim Carnie cuide ri Màiri Anna Nic na Ceàrdaich gus ***Na Trads (Bees Nees Media)*** a phreasantadh beò. Bha i cuideachd còmhla ri Dol Eòin MacFhionghain san t-sreath ciùil co-aimsireil, ***ALT (Bees Nees Media)***. Thug Ramsay McMahon thugainn ***Mach à Seo (Caledonia TV)***, Ruaraidh MacIlleathain ***An Sgrùdaire, (Caledonia TV)*** agus Calum MacIllEathain a' preasantadh an t-sreath de phrògraman ghoirid mu shnàmh a-muigh ann an ***Dhan Uisge (BBC Gàidhlig)***, a thuilleadh air ***Ceathrar air Chuairt (Magic B)***. Ann an ***Nochd (Bees Nees Media)*** chunnacas Lana Pheutan ann an cuideachd Fiona NicChoinnich air an stèidse, an toiseach aig Fèis Dhùn Èideann agus an uair sin aig Celtic Connections.

Chaidh 100 bliadhna bho chaillear an Iolaire, meudachd a' chall-beatha a bha mar thoradh air agus a' bhuaidh leantainneach a th' air a bhith aige, a chomharrachadh le prògraman bhon tasglann agus seallaidhean ùra air an tubaist uabhasach seo. Chruthaich seo beairteas de phrògraman ùra a thug sùil air buaidh leantainneach na tubaist, nam measg turas ealain Iain Mhoireasdan ann an ***Sàl (MacTV)***, agus nobhail D S Moireach *As The Women Lay Dreaming* ann an ***Sàr-Sgeòil (Caledonia TV)***. 'S e dealbh-beò air a dhealbhachadh fo-làimh Chatriona NicGilleDhuibh a th' ann an ***Tha thu air Aigeann m' Inntinn (Am Bocsa)***. Leis an dà chuid fìnealtas agus cumhachd, ghlac e uabhas an tachartais. Chuir monologan dràmadach goirid BBC Gàidhlig gu tiamhaidh ris a' chlàr.

Fhuair prògraman chloinne leudachadh sònraichte le tòiseachadh CBeebies ALBA agus CBBC ALBA, a' cruthachadh uairean a thìde a bharrachd susbainteach de phrògraman ùra agus a' leasachadh preasantairean ùra, tàlantach. Cuide ri seo bha ***Buidheagan (Sorbier)***, dràma goirid 15-mionaid riochdaichte mar phàirt de dhòigh co-obrachaidh An Aonadh Craolaidh Eòrpaich.



25

Leis an t-seanail aithnichte mar dhachaigh spòrs nam ban Albannach, chunnacas a' chiad chraoladh beò de chamanachd nam ban air an t-seanail. Chaidh cùmhnant trì bliadhna aontachadh le Comunn Ball-coise na h-Alba (SFA) gus sealltainn geamannan farpaiseach air an cluich aig an taigh, chaidh ainmeachadh gum biodh an tuilleadh chraolaidhean ann de lìog chlubaichean nam ban, agus chaidh aonta a ruighinn leis an Aonadh Rugbaidh Albannach (SRU) airson prògraman *Women's Six Nations*. A thuilleadh air a bhith ag obair le na h-ùghdarrasan spòrs seo gus ìomhaigh agus com-pàirteachas a thogail, bho thaobh an luchd-amhairc tha seo na raon chudromach airson seilbheachd oir tha daoine òga gan tàladh chun seo. Tha ar prògraman spòrs beò a-nis rim faighinn air iPlayer a' BhBC ann an HD.

Tha prògraman fìrinneach na seanail loidhneach a' leantainn le bhith mar chnàimh-droma tron chlàr. Fhuair na prògraman aithris singilte, cumhachdach leithid ***Gaol is Call (HG Productions), Tommy Burns*** agus ***Steelmen (an dà chuid purpleTV)*** agus ***Call air Cladach Ìle (Caledonia TV)*** sàr-chliù bhon luchd-amhairc agus bhon ghnìomhachas, mar a fhuair na prògraman coimhearsnachd làidir san t-sreath ***Trusadh (MacTV)*** leithid ***Eileanaich Phagastain*** agus ***Piobairean Lionacleit***. Ann an ***San Fhuil (TrixPix)*** chunnacas dealbh inntinneach de bheatha agus na dùbhlain an cois croitearachd ann an Uibhist a Deas. Ann an ***A' Sireadh Sascha (Sgeul Media)*** chualas sgeulachd èiginneach mu athair a' sireadh a mhac an dèidh 34 bliadhna air falbh bho chèile.



26



27

Airson a' chiad uair bha na naidheachdan ri fhaighinn airson seachd là san t-seachdain, fìor dheagh sheilbheachd. Ann an ***Eòrpa (BBC Gàidhlig)*** chuir an luchd-amhairc fàilte air prògraman aig àm far an robh mì-chinnt phoilitigeach nach fhacas a-riamh roimhe, le prògram sònraichte mu Bhrexit.

*Chaidh cruth atharrachadh a thoirt air prògraman chloinne le CBeebies ALBA agus CBBC ALBA*





28

## Tàlant Òg

Bha Danielle NicLeòid na h-oileanach samhraidh aig MG ALBA ann an 2018. Tha i ag ionnsachadh Dealbhachadh Grafaigeach aig Sgoil Ealain Ghlaschu agus nuair a thàinig e gu foillseachadh clàr fhoghair BBC ALBA bha a sgil gu mòr-bhuannachd na buidhne is i a' dealbhachadh stuthan foillseachaidh fo làimh fhèin. Thàinig M' ALBA, D' ALBA agus AR N-ALBA gu bith agus bha seo air gach pìos foillseachaidh a sgeadaich an àite san deach an tachartas a chumail.




29

Fhuair grunnan phrògraman BBC ALBA sàr-chliù bhon ghnìomhachas, nam measg ***Sùlaisgeir (MacTV)***. A thuilleadh air a bhith a' cosnadh Teisteanas Airidheachd aig Fèis Eadar-nàiseanta Thelebhisein Chicago, bha e cuideachd ainmichte aig na duaisean ainmeil, Duaisean Grierson. B' e seo a' chiad uair a fhuair prògram Gàidhlig chun gheàrr-liosta aig a' cho-fharpais ainmeil seo. Chaidh am prògram cuideachd ainmeachadh aig an Fhèis Fhilm Eadar-nàiseanta Lochlannach.



30



31



32



33





*“Chan eil àite eile ann am Breatainn far a bheil daoine òga a’ faighinn a’ chothruim na sgilean agus an cuid macmeanmna airson cruthachadh filmichean a chur gu feum mar a tha iad aig FilmG. Agus bu chòir dhuinn uile a bhith taingeil agus air ar dòigh gu bheil FilmG ann”*

# Lèirmheas Leasachaidh

Tha gnothaichean leasachaidh MG ALBA a’ cuimseachadh air: com-pàirteachas a’ cleachdadh Gàidhlig, dol an sàs leis a’ choimhearsnachd, leasachadh an roinn solarachaidh agus LearnGaelic.

## COM-PÀIRTEACHAS

### STUTHAN FÈIN-CHRUTHAICHTE (UGC)

Mar a chaidh a dhealbhachadh ann an Lèirsinn 2016-2021 aig MG ALBA, tha e a na phrìomh amas dhan bhuidhinn a bhith a’ brosnachadh leudachadh ann an ugc tro mheadhan na Gàidhlig. A’ leantainn pròiseas farpaiseach, chaidh cùmhnant a thoirt do Cànan Graphics Studio (CGS) gus raon de thachartasan a chur an sàs a bhrosnaicheadh cruthachadh nàdarrach de ugc. Tha grunnan iomairtean aig CGS, agus ged a tha iad aig ìre thràth, tha coltas dòchasach ann gu bheileas a’ tàladh dhaoine òga. Thar YouTube, Facebook agus Instagram chunnacas 64 pìosan ùra ugc bho bhlogairean agus bho cho-thabhartaichean ùra, le còrr air 32k sealladhean.

### FILMG

Chunnacas am-bliadhna an àireamh a b’ àirde a-riamh de dh’fhilmichean sa cho-fharpais, agus nam measg filmichean cho dàna ’s a bh’ againn a-riamh.

| | 2009 | 2010 | 2011 | 2012 | 2013 | 2014 | 2015 | 2016 | 2017 | 2018 | 2019 |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| Inbhich | 35 | 31 | 34 | 26 | 20 | 30 | 28 | 24 | 23 | 13 | 26 |
| Òigridh | 19 | 23 | 37 | 50 | 42 | 46 | 51 | 54 | 56 | 63 | 60 |
| Aois Bun-sgoile | | | | | | | | | | 10 | 10 |
| An Àireamh Fhilmichean air fad | 54 | 54 | 71 | 76 | 62 | 76 | 79 | 78 | 79 | 86 | 96 |

* A thuilleadh air sin, ann an 2017 agus 2018, chaidh 18 agus 5 bhidiothan aithris spòrs a chur a-steach mar phàirt de dh’iomairt gus tàlant riochdachadh spòrs a bhrosnachadh.




34




35




36



37



38




39




40



41

Chaidh fàilte a chur air iomairtean ùra leithid cleachdadh Fìorachd Leasaichte agus bhidiothan gus na cuspairean a thoirt gu aire dhaoine.

Chaidh cuirm nan duaisean fhèin a shruthadh beò, bha FilmG a' treandadh air Twitter agus chaidh prògram le na pìosan a b' fheàrr bhon oidhche a chraoladh air an t-seanail an t-seachdain an dèidh na cuirme. Am measg iadsan a bha a' toirt seachad duais bha Dòmhnall Iain (Trump) 'againn fhèin', an caractar bho Func, a thuilleadh air rionnag Netflix agus neach-labhairt na Gàidhlig Sorcha Groundsell. Le faireachdainn misneachail, dàna a' ruith tron tachartas air fad, tha misneachd nan daoine òga a tha a' gabhail pàirt sa cho-fharpais ri fhaireachdainn. Thug Michael Hines, Stiùiriche Still Game agus Func, agus fear de preseantairean nan duaisean am-bliadhna, iomradh air an àrainneachd shònraichte cruthaichte le FilmG, àrainneachd nach eil ri fhaighinn an àite sam bith eile san RA na bheachd-san: "Chan eil àite eile ann am Breatainn far a bheil daoine òga a' faighinn a' chothruim na sgilean agus an cuid mac-meanmna airson cruthachadh filmichean a chur gu feum mar a tha iad aig FilmG. Agus bu chòir dhuinn uile a bhith taingeil agus air ar dòigh gu bheil FilmG ann oir chan urrainn dhomh beachdachadh air eisimpleir eile air an smaoinich mi a tha a' toirt cothrom mar seo dha daoine òga stuth mar seo a dhèanamh".


42



43


44

### PREANTASACHDAN AGUS DAOINE ÒGA

Ann an 2018 thug MG ALBA greisean-gnìomhachais do shianar oileanaich. Fhuair na h-oileanaich eòlas farsaing ann an sgrùdadh phrògraman, a' didseatachadh phrògraman bhon tasglann airson an craoladh air BBC ALBA, obair fàilteachais, obair briathrachais, an cothrom a bhith mar ruitheadair air *The One Show* a' BhBC agus a bhith a' cruthachadh stuthan airson nam meadhanan sòisealta. Bhiodh na h-oileanaich a' coinneachadh gach seachdain gus beachdan a thrusadh còmhla air cruthachadh susbaint agus riochdaich iad ceithir bhidiothan a chaidh fhoillseachadh air ùrlaran mheadhain didseatach BBC ALBA.

Tha MG ALBA a' leantainn le bhith a' toirt taic do chòig greisean gnìomhachais air dioplòma nam meadhanan Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig a thuilleadh air a bhith a' maoineachadh preantasachd Ghàidhlig BBC Scotland ann an 2018-19.


45

## DOL AN SÀS LEIS A' CHOIMHEARSNACHD AGUS LUCHD-ÙIDH

### SPONSAIREACHD

Am measg nan gnìomhan sponsaireachd bha Na Trads, a tha a' leantainn mar chom-pàirteachas craolaidh agus sponsaireadh chorporra air leth soirbheachail. Am-bliadhna, gus dèanamh cinnteach gum bi am modh-obrach a thaobh ball-coise nam ban làn amalaichte, bha MG ALBA mar phrìomh sponsair air Duaisean Ball-coise nam Ban, a chaidh ath-shuidheachadh am-bliadhna a-rithist. Leudaich MG ALBA an dealas seo ri spòrs nam ban le amasan maoineachaidh coimhearsnachd le bhith a' toirt taic do sgioba Ball-coise Ban nan Eilean Siar.

### TACHARTASAN COIMHEARSNACHD

Chumar grunnan sheallaidhean phrògraman shoirbheachail ann an coimhearsnachdan thar na bliadhna: Call air Cladach Ìle ann an Ìle, An t-Eilean san Eilean Sgitheanach, San Fhuil ann an Uibhist a Deas, agus Gaol is Call, Func, agus Tommy Burns ann an Glaschu.

### MEADHANAN SÒISEALTA MG ALBA

Tha fàs slaodach, seasmhach a' leantainn le meadhanan sòisealta MG ALBA, an dà chuid air Twitter agus Facebook, le fàs de 11% ann an luchd-leantainn. Bha The One Show aig a' BhBC ann an Leòdhas agus na Hearadh san Iuchar 2018, agus chunnacas dol an sàs susbainteach air meadhanan sòisealta MG ALBA ann an co-cheangal ris.

*Chunnacas am-bliadhna an àireamh a b' airde a-riamh de dh'fhilmichean ann am farpais FilmG, nam measg filmichean cho dàna 's a bh' againn a-riamh*


46

# LEASACHADH NA ROINNE SOLARACHAIDH

## TRÈANADH

Tha seilbheachd trèanaidh a' gabhail a-steach trèanadh cànain, leasachadh sgriobhaidh agus leasachadh proifeiseanta leantainneach, le cuimse air deasachadh agus stiùireadh ioma-chamara.

Chaidh taic a chur gu ruige obraichean fo-threànaidh air Bannan, sreath dràma BBC ALBA – Neach-trèanaidh Os Cionn Sgriobtaichean, Neach-trèanaidh Deasachaidh, Neach-trèanaidh Camara agus dà dhreuchd airson Trèanadh Stiùiriche.

## LEASACHADH CHOIMEIRSEALTA

Chaidh taic a chuir ri leasachadh choimeirsealta sholaraichean, le fòcas sònraichte air eadar-nàiseanachadh, tro ghrunnan iomairtean. Chaidh taic a thoirt do dà riochdaire a bhith an làthair aig *Sunnyside of the Doc* san Fhraing mar phàirt de cho-obrachadh le craoladairean Ceilteach. Chaidh taic a thoirt do chòig riochdairean a dhol gu tachartas PACT, *Content without Borders*, far na chur 100 companaidh seachad dà là le còrr air 20 craoladair Eòrpach thar-ghnè.

Rinn MG ALBA comasach Iomlaid Chruthachail Sìona UK a chur air adhart le PACT ann an Glaschu, a' cruthachadh chothroman airson grunnan sholaraichean BBC ALBA aontaidhean a chruthachadh le craoladairean agus luchd-seilbh Sìneach.


47



## IONNSACHADH

Lean fàs ann an dèanadas LearnGaelic. Bha seallaidhean duilleig na làraich suas 12% gu 2.5m seallaidhean, bha seiseanan suas 12% gu 862k, agus luchd-cleachdaidh suas 4% gu 294k. Ann an 2018-19, chaidh cuimse agus seilbheachd a dhèanamh ann an gluasad LearnGaelic bho làrach a bha a' trusadh susbaint ionnsachaidh gu e fhèin a stèidheachadh mar bhrannd Ghàidhlig fàsmhor le cuimse air a bhith a' toirt taic do shlighean ionnsachaidh luchd-cleachdaidh tro sgèilean adhartais a chaidh an ùr leasachadh.

Chaidh dà dhreuchd ùr a stèidheachadh, Deasaiche agus Oifigear Dhàimhean Dhidseatach. Chaidh sgoilearachd a mhaoineachadh aig Sgoil Ealain Ghlaschu airson ceum MSc ann an Geamaichean Reachdmhor agus Mas-fhiorachd agus chaidh dà inntearnach bhon chùrsa seo a chur an dreuchd le LearnGaelic. Rinn an leudachadh sgioba seo comasach dhaibh an cuid obrach adhartachadh air frèam-obrach didseatach ùr agus goireasan ionnsachaidh Gàidhlig a chruthachadh.

Chuir UistFilm crìoch air sreath de bhidiothan air-loidhne (coimiseanaichte le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba) gus aire a thogail agus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh, a thuilleadh air stiùireadh labhairt airson luchd-tòiseachaidh agus bhidiothan practaigeach airson luchd-ionnsachaidh gus faighinn thairis air dùbhlain gràmair cumanta.

Chaidh Primate, am buidheann cruth-atharrachaidh didseatach, an coimiseanadh gus ath-dhealbhachadh a dhèanamh air an làrach gus dèanamh cinnteach gu bheil goireasan LearnGaelic a th' ann an-dràsta air an cur an sàs còmhla ris an fhrèam-obrach ionnsachaidh dhidseatach ùir ann an dòigh chothromach. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na goireasan a th' ann an-dràsta agus chaidh an leasachadh gus an luach as fheàrr a thoirt do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Thèid an ath-dhealbhachadh seo fhoillseachadh as t-Samhradh 2019.


49


48

Am measg nan soirbheasan sònraichte bha a bhith a' leasachadh goireasan gràmair agus a' cur tuilleadh stuthan air-loidhne co-cheangailte ri Speaking our Language. Chòrd susbaint leithid cluicheadairean Ross County agus Caledonian Thistle Inbhir Nis a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig ri luchd-leantainn nam meadhanan sòisealta, agus nithean co-cheangailte ri Là Eadar-nàiseanta nam Ban, a' ruighinn cha mhòr 200,000 neach air Twitter. Bha luchd-cleachdaidh LearnGaelic aig cridhe an sgioba ùir agus bha iad an sàs ann an co-dhealbhadh ann an co-bhoinn ris an dà chuid Sgoil Ealain Ghlaschu agus Primate gus dèanamh cinnteach gu bheil na feumalachdan aca aig cridhe a' phròiseis. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil LearnGaelic na chompanach cànain air-loidhne aca air an turas ionnsachaidh Gàidhlig.

*Leis an t-seanail aithnichte mar dhachaigh spòrs nam ban Albannach, chunnacas a' chiad chraoladh beò de chamanachd nam ban air an t-seanail*



50




51




52





# Aithris Riaghlaidh

Chaidh MG ALBA a stèidheachadh (fon ainm Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) fo ullachadh Achd Conaltraidh 2003, Earrannan 208-210, gus dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an lìbhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba.

Tha ùghdarras air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn shònraichte air an liostadh ann an Earrann 183(4B) de Achd Craolaidh 1990 (air a chur a-steach le S.208 de Achd Conaltraidh 2003). Tha MG ALBA a' lìbhrigeadh a chuid dleastanasan fo Earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, Earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha a thaobh maoineachadh phrògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair co-cheangailte.

Tha e cudromach do MG ALBA gu bheil ìrean àrda de riaghladh corporra agus dòighean-giùlain beusail aig a' bhuidhinn. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas air a bhith a rèir nan ullachaidhean iomchaidh de Chòda Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris Ionmhasail.

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cùm MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh riosgan agus a' dìon so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghladh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs deilbhte airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar sùil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Tha am Bòrd air trì comataidhean a stèidheachadh gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' lìbhrigeadh a chuid dhleastanasan.

Tha an Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' comhairleachadh a' Bhùird a thaobh a bhith a' làimhseachadh riosgan, siostaman in-smachd agus poileasaidh pàighidh an luchd-obrach. Tha am Bòrd a' toirt ùghdarras manaidseadh practaigeach an sgrùdadh bhon taobh a-muigh dhan Chomataidh Sgrùdaidh, aig a bheil uallach beachdachadh air a' phlana sgrùdaidh agus na toraidhean a thig às. Tron bhliadhna chaidh an cùmhnant airson sgrùdadh bhon taobh a-muigh a-mach gu tagradh fosgailte agus b' iad Saffery Champness LLP a ghlèidh an cùmhnant. Tha a' Chomataidh cuideachd a' comhairleachadh a' Bhùird air toraidhean sgrùdaidhean in-thaigh, a bhios a' cur fòcas gach bliadhna air cuspairean fa leth den ghnothachas.

Tha an Comataidh Inbhean a' comhairleachadh a' Bhùird mu na prògraman a tha air an craoladh le BBC ALBA, agus mu thrèanadh agus rannsachadh.

Tha an Comataidh Ainmeachaidh a' cuideachadh le bhith a' planadh airson an ama ri teachd a thaobh nam ball le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid feumalachdan sgilean bhall an comharrachadh sa bhad agus gus Ofcom a chuideachadh sa phròiseas fastaidh foirmeil airson buill ùra.

Tha buill a' Bhùird gan cur an dreuchd le Ofcom le aonta Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iomadachd a' Bhùird na ghnothach airson Ofcom agus ann an 2018-19 bha riochdachadh bhoireannach air a' Bhòrd aig 37.6% agus riochdachadh fhireannach aig 62.4%. Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhail a-steach an Cathraiche. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna. Feumaidh buill ainmichte le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE), am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball. Feumaidh Ofcom dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhaibh, gu bheil ùidhean a' ghnìomhachais riochdachaidh neo-eisimeilich air an riochdachadh mar bu chòir air a' Bhòrd.

Bho àm gu àm bidh am Bòrd agus na comataidhean a' sgrùdadh agus ag ùrachadh phoileasaidhean agus phàipearan corporra, a tha rim faighinn aig **www.mgalba.com**

Tha Bòrd MG ALBA, a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus a' Chomataidh Inbhean a' coinneachadh co-dhiù gach ràith. Tha a' Chomataidh Ainmeachaidh a' coinneachadh co-dhiù uair sa bhliadhna. Ann an 2018-19, ghabh am Bòrd comhairle bho na Comataidhean agus dhèilig iad ri na gnothaichean a chaidh a thogail leotha.


53


54


55


56





Tha an t-uallach iomlan air an Àrd-Oifigear gu bheil dleastanas air a choileanadh co-cheangailte ri riaghladh iomchaidh a thaobh Manaidseadh Riosg agus gu bheil dearbhadh iomchaidh aig a' Bhòrd agus aig na Comataidhean gu bheil prìomh riosgan ro-innleachdail gan làimhseachadh gu h-iomchaidh.

Tha am Bòrd a' cur an Àrd-Oifigeir an dreuchd, le uallach dèanamh cinnteach gu bheil iomchaidheachd, riaghailteachd agus luach-an-airgid air caiteachas MG ALBA. Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbhalach ris an Àrd-Oifigear a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de dh'obair MG ALBA. Gach trì mìosan, tha an Sgioba Àrd-Stiùiridh – air a bheil an t-Àrd-Oifigear, Stiùiriche Ionmhais agus Stiùiriche Ro-innleachd & Co-bhanntachd – a' coimhead gu mionaideach ri aithisgean ràitheil air gach roinn de dh'obair na buidhne. Tha pasgain de dh'aithisgean ràitheil air a chur air adhart chun Chomataidh Inbhean agus chun Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus às dèidh sin chun a' Bhùird. A thuilleadh air sin, tha an Sgioba Àrd-Stiùiridh a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson sùil a chumail air cur-an-gnìomh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail airson dèiligeadh ri gnothaichean ionmhais agus gus coinneachadh ri cùisean gnothachais eile agus cùisean luchd-obrach.

Bidh luchd-sgrùdaidh MG ALBA bhon taobh a-muigh a' toirt laigsean sam bith gu aire a' Bhùird rè an sgrùdaidh bhliadhnail. Bithear a' sgrùdadh nithean cudromach agus cunnartan sam bith a thèid a lorg agus thèid dèiligeadh riutha ann an dòigh iomchaidh. Cha deach laigsean cudromach sam bith a lorg ann an 2018-19.

Tha am Bòrd a' gabhail ri Plana Obrachaidh bliadhnail a tha a' feuchainn ri adhartas a dhèanamh mu choinneimh nan amasan ann an Lèirsinn 2021, ro-innleachd 5 bliadhna na buidhne. Tha an coileanadh a rèir Plana 2018-19 air a chur an cèill air duilleag 20 san aithris mu amasan agus toraidhean.

Tha cinn-buidseit air an sgrùdadh gach mìos a rèir slatan-tomhais a' Phlana Obrachaidh. Tha aithisgean agus cunntasan gan deasachadh airson luchd-stiùiridh na buidhne agus airson a' Bhùird.

Tha uallach air an Sgioba Àrd-Stiùiridh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Plana Manaidseadh Àrainneachdail agus planaichean gnìomh co-cheangailte na buidhne air an cumail suas. Tha an Sgioba Àrd-Stiùiridh gu cunbhalach a' faighinn aithisgean air cùisean Gnothaichean Daonna (HR) agus Slàinte agus Sàbhailteachd. Bidh teisteanasan Slàinte agus Sàbhailteachd airson gach togalach aig MG ALBA air an ùrachadh gach bliadhna agus bidh aithisg air a cur chun a' Bhùird.



57


58

*Chaidh Sùlaisgeir ainmeachadh aig na duaisean ainmeil, Duaisean Grierson*



59



60





61




62

# Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig

## Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2019

Aithris air dleastanasan a' bhùird ........ 49

Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich........ 52

Aithris air teachd-a-steach iomlan ........ 54

Aithris air an t-suidheachadh ionmhasail ........ 55

Aithris air atharrachaidhean ann an cothromas ........ 56

Aithris air sruthan-airgid ........ 57

Notaichean ris na cunntasan ........ 58



63



64



65


66


67


68


69






70

# Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig
# Aithris air dleastanasan a' bhùird

Tha uallach air a' Bhòrd an Aithisg Bhliadhnail agus na cunntasan ullachadh ann an co-rèir ris an lagh iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach.

Tha Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003) a' cur riatanas air a' Bhòrd cunntasan airson gach bliadhna ionmhasail ullachadh a bheir sealladh fìor agus cothromach air cor gnothaichean na Seirbheise agus air toradh na Seirbheise airson an ama sin. Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan seo, tha Inbhean Cunntasachd Eadar-nàiseanta 1 a' cur uallach air a' Bhòrd a bhith:

- a' taghadh phoileasaidhean cunntasachd agus gan cur an gnìomh gu cunbhalach;
- a' taisbeanadh fiosrachadh, a' gabhail a-steach poileasaidhean cunntasachd, ann an dòigh a tha a' tabhann fiosrachadh iomchaidh, earbsach, coimeasach agus tuigseach;
- a' tabhann foillseachaidhean a bharrachd an uair nach eil gèilleadh ris na riatanasan sònraichte ann an IFRSan gu leòr airson buaidh gnìomhan sònraichte, tachartasan eile agus cùmhnantan a thuigsinn air suidheachadh ionmhais agus coileanadh na buidhne; agus
- measadh a dhèanamh air comas na Seirbheise leantainn air adhart mar ghnothach a tha a' leantainn oirre a' gnìomhachadh.

Tha uallach air buill a' Bhùird clàraidhean cunntasachd ceart a chumail a dh'fhoillsicheas le ìre mhath de chinnt aig àm sam bith obair ionmhasail na Seirbheise, agus a dh'fhoillsicheas an ìre mhath mionaideach aig àm sam bith suidheachadh ionmhasail na Seirbheise agus a nì e comasach dhaibh dearbhadh gu bheil na cunntasan a' tighinn a rèir Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh). Tha uallach orra cuideachd so-mhaoin na Seirbheise a dhìon agus ceuman reusanta a ghabhail dha rèir airson foill agus neo-riaghailteachdan eile a bhacadh agus a lorg.

Tha uallach air a' Bhòrd airson deasachadh agus iomlanachd an fhiosrachaidh ionmhasail agus chorporra a tha air làrach-lìn na Seirbheise.

Mar as fhiù agus mar as fhiosrach le buill a' Bhùird:

- chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheise mothachail; agus
- tha buill a' Bhùird air gach ceum a bu chòir dhaibh a ghabhail gus eòlas a thoirt dhaibh fhèin air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus barantachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.


71

# Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig
# Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich

## Beachd

Rinn sinn sgrùdadh air na cunntasan aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (an t-Seirbheis) airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2019 a tha a' gabhail a-steach:

- aithris air teachd-a-steach iomlan;
- aithris air an t-suidheachadh ionmhasail;
- aithris air atharrachaidhean ann an cothromas;
- aithris air sruthan-airgid; agus
- na notaichean co-cheangailte, 1 gu 19, a' gabhail a-steach geàrr-iomradh air poileasaidhean cunntasachd cudromach.

Tha frèam-obrach nan aithisgean ionmhasail a chaidh a chur an gnìomh san ullachadh aca a' tighinn a rèir an lagha iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach agus, a thaobh aithrisean ionmhasail na buidhne, a rèir Achd nan Companaidh 2006.

Nar beachd-ne tha na cunntasan:

- a' toirt sealladh fìor agus cothromach air cor ghnothaichean na Seirbheise mar aig 31 Màrt 2019, agus airson an easbhaidh airson na bliadhna sin a dhùin;
- air a bhith air an ullachadh gu ceart a rèir Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach agus IFRSan mar a tha air an cur an cèill le Bòrd Eadar-nàiseanta Inbhean Cunntasachd (IASB); agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir riatanasan Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003).

## Bun-stèidh ar beachd

Rinn sinn ar sgrùdadh a rèir Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) (ISAan (RA)) agus lagh iomchaidh. Tha an tuilleadh fiosrachaidh mu ar n-uallachaidhean fo na h-inbhean sin san earrann de ar n-aithisg air dleastanas an luchd-sgrùdaidh airson nan cunntasan. Tha sinn neo-eisimeileach bhon bhuidheann agus bhon phrìomh bhuidheann a rèir an riatanas a tha oirnn a bhith cumail ris na h-inbhean beusail a tha bunaiteach do ar sgrùdadh de na cunntasan san RA, nam measg Cleachdaidhean Beusail an FRC agus tha sinn air ar dleastanasan beusail eile a choileanadh a rèir nan riatanasan seo. Tha sinn den bheachd gu bheil am fianais a fhuaireas gu leòr agus iomchaidh gus bun-stèidh ar beachd a chur an cèill.

## Co-dhùnaidhean mu bhun chùis a tha a' dol

Chan eil càil againn ri aithris a rèir na leanas, a tha mar riatanas oirnn a thaobh ISAan (RA) innse a thaobh nan gnothaichean a leanas far:

- nach eil cleachdadh nam ball a thaobh bun-stèidh cunntasachd de bhun chùis a tha a' dol ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan iomchaidh; no
- nach eil buill air foillseachadh sna cunntasan mì-aithris neo-chinnteach sam bith a dh'fhaodadh teagamh brìgheil a thogail mu chomas na Seirbheise leantainn le bhith a' gabhail ri cunntasachd bun chùis a tha a' dol airson ùine de co-dhiù dà mhìos dheug bhon deit air an deach na cunntasan an ùghdarrachadh airson an cur a-mach.

## Fiosrachadh eile

Tha uallach air buill airson an fhiosrachaidh eile. Tha am fiosrachadh eile a' gabhail a-steach am fiosrachadh san aithisg bhliadhnail, a thuilleadh air na cunntasan agus aithisg an luchd-sgrùdaidh air na cunntasan. Chan eil ar beachd-ne air na cunntasan a' gabhail a-steach am fiosrachadh eile agus, a thuilleadh air na nithean sònraichte nar n-aithisg, chan eilear a' toirt dearbhadh sam bith air na nithean seo.

Co-cheangailte ri ar sgrùdadh air na cunntasan, tha sinn fo uallach am fiosrachadh eile a leughadh agus, ann a bhith a' dèanamh seo, beachdachadh a bheil mì-chòrdadh cudromach san fhiosrachadh a thaobh nan cunntasan no a bheil an t-eòlas a fhuair sinn san sgrùdadh no eile air aithris gu ceàrr. Ma dhearbhas sinn mì-aithrisean cudromach no rudan a dh'fhaodadh a bhith nan nithean mì-aithris cudromach, tha sinn fo uallach dèanamh a-mach a bheil mì-aithris cudromach sna cunntasan no mì-aithris san fhiosrachadh eile. Ma tha sinn, tron obair a nì sinn, a' co-dhùnadh gu bheil mì-aithris cudromach den fhiosrachadh eile seo, tha sinn fo uallach sin innse.

Chan eil dad againn ri aithris mu na gnothaichean seo.

## Dleastanasan bhall

Mar a tha mìnichte ann am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan a' Bhùird, tha uallach air a' Bhòrd airson nan cunntasan ullachadh agus a bhith riaraichte gu bheil iad a' toirt sealladh fìor agus cothromach agus airson siostam in-smachd a tha buill a' faicinn iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil ullachadh nan cunntasan saor bho mhì-aithris cudromach, air sgàth foill no mearachd.

Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, tha uallach air na buill measadh a dhèanamh air comas an t-Seirbheis leantainn mar bhun chùis a tha a' dol, a' dèanamh follaiseach, mar a bhios iomchaidh, gnothaichean co-cheangailte ri bun chùis a tha a' dol agus a' cleachdadh cunntasachd bun chùis a tha a' dol mura bheil na buill an dùil an t-Seirbheis a dhitheachadh no sguir den obair sa bheil e an sàs, no nuair nach eil roghainn eile aca ach seo a dhèanamh.

## Uallach an luchd-sgrùdaidh airson sgrùdadh nan cunntasan

'S e ar n-amasan a bhith a' faighinn barantas reusanta gu bheil na cunntasan gu h-iomlan saor bho mhì-aithris chudromach, ge b' e a bheil sin air sgàth foill no mearachd agus aithisg luchd-sgrùdaidh a thoirt seachad tha a' toirt ar beachd. Tha barantas reusanta na bharantas aig àrd ìre ach chan e gealltanas a th' ann gum bi sgrùdadh air a dhèanamh a rèir ISAan (RA) gu daonnan a' lorg mhì-aithris nuair a bhios e ann. Faodaidh mì-aithrisean a bhith ann bho fhoill no mhearachd agus tha iad air am meas cudromach, nam b' urrainn dhaibh, fa leth no uile còmhla, buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean eaconamach an luchd-cleachdaidh a rèir nan cunntasan sin.

Tha an tuilleadh fiosrachaidh mu ar n-uallaichean airson ar sgrùdadh de na cunntasan ri fhaighinn air làrach-lìn A' Chomhairle Aithris Ionmhasail aig **www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities**. Tha an t-iomradh seo mar phàirt de aithris ar luchd-sgrùdaidh.

## Cleachdadh ar n-aithisg

Thathar a' toirt na h-aithisge seo do Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a-mhàin, mar bhuidheann, ann an co-rèir ri Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003). Chaidh ar n-obair sgrùdaidh a dhèanamh air chor 's gum faodamaid aithris riutha na nithean sin a dh'fheumar aithris riutha ann an aithisg neach-sgrùdaidh agus gun adhbhar sam bith eile ach sin fhèin. Chun na h-ìre as motha ceadaichte a rèir an lagha, cha bhi sinn a' gabhail ri uallach, no ga ghabhail os làimh do dhuine sam bith seach buill Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig mar bhuidheann, airson ar n-obair sgrùdaidh, airson na h-aithisge seo, no airson ar beachdan.

*Eunice McAdam (Neach-sgrùdaidh Reachdail)*
*Airson agus às leth Saffery Champness LLP*
*Cunntasairean Cairte agus Luchd-sgrùdaidh Reachdail*
*Inbhir Nis, An Rìoghachd Aonaichte*

14 Ògmhios 2019

## Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig
# Aithris air teachd-a-steach iomlan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2019

| | Notaichean | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|---|
| **TEACHD-A-STEACH** | | | |
| Bun-thabhartas Riaghaltas na h-Alba | | **12,800,000** | 12,800,000 |
| Tabhartasan a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba | | **555,000** | 700,000 |
| Teachd a-steach eile bho thabhartasan | | **16,000** | 63,400 |
| Teachd-a-steach Stiùidio & Ghoireasan | | **235,752** | 285,058 |
| | | **13,606,752** | 13,848,458 |
| **CAITEACHAS OBRACHAIDH** | | | |
| Riochdachaidhean telebhisein, rèidio & air-loidhne is còraichean | | **12,431,836** | 11,134,909 |
| Gluasad ann an riochdachaidhean rin craoladh | | **(654,434)** | 881,311 |
| Cosgaisean obrachaidh na seanail | | **545,586** | 589,139 |
| Cosgaisean leasachaidh | | **41,357** | 46,117 |
| Sanasachadh seanail & corporra | | **45,880** | 31,389 |
| Tabhartasan trèanaidh a' ghnìomhachais | | **319,597** | 287,955 |
| Conaltradh luchd-ùidhe | | **57,644** | 58,918 |
| Ceangal coimhearsnachd | | **16,761** | 12,855 |
| Cosgaisean rannsachaidh luchd-amhairc | | **92,370** | 89,842 |
| | | **12,896,597** | 13,132,435 |
| **CÒRR IOMLAN** | | **710,155** | **716,023** |
| Cosgaisean rianachd | | **727,716** | 694,152 |
| **(EASBHAIDH)/CÒRR OBRACHAIDH** | 4 | **(17,561)** | 21,871 |
| Cosgaisean ionmhais lom | 5 | **1,620** | 1,557 |
| **(EASBHAIDH)/CÒRR RO CHÌSEAN** | | **(19,181)** | 20,314 |
| **CÌSEAN** | 6 | **231** | 78 |
| **(EASBHAIDH)/CÒRR AN DÈIDH CHÌSEAN** | | **(19,412)** | 20,236 |

Tha an teachd-a-steach agus an caiteachas air fad stèidhichte air obair a tha a' leantainn air adhart.

Chan eil teachd-a-steach/cosgais eile ann a thuilleadh air an fheadhainn a tha air an ainmeachadh a-cheana.

Tha na poileasaidhean cunntasachd agus na notaichean nam pàirt riatanach de na cunntasan seo.





## Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig
# Aithris air an t-suidheachadh ionmhasail mar aig 31 Màrt 2019

| | Notaichean | 31 Màrt 2019 £ | 31 Màrt 2018 £ |
|---|---|---|---|
| **SO-MHAOIN NEO-LÀITHREACH** | | | |
| Maoin neo-làimhseachail | 9 | **37,662** | 23,152 |
| Seilbh, acainn & uidheam | 10 | **657,621** | 582,494 |
| | | **695,283** | 605,646 |
| **SO-MHAOIN LÀITHREACH** | | | |
| Clàran-seilbhe: riochdachaidhean rin craoladh | | **3,750,091** | 4,404,525 |
| Malairt agus nithean eile a tha ri fhaighinn | 11 | **190,074** | 430,760 |
| Airgead agus co-ionann ri airgead | | **75,349** | 37,806 |
| | | **4,015,514** | 4,873,091 |
| **DO-MHAOIN LÀITHREACH** | | | |
| Malairt agus nithean eile a tha ri phàigheadh | 12 | **(260,882)** | (353,966) |
| **TEACHD-A-STEACH AN DÀIL: RI PHÀIGHEADH AN CEANN BLIADHNA** | | | |
| Tabhartasan teachd-a-steach an dàil | 13 | **(3,750,091)** | (4,404,525) |
| **SO-MHAOIN LÀITHREACH LOM** | | **4,541** | 114,600 |
| SO-MHAOIN IOMLAN ÀS AONAIS DO-MHAOIN LÀITHREACH | | **699,824** | 720,246 |
| **DO-MHAOIN NEO-LÀITHREACH** | 12 | **-** | (1,010) |
| SO-MHAOIN LOM | | **699,824** | 719,236 |
| **RIOCHDAICHTE LE** | | | |
| Cùl stòran | | **699,824** | 719,236 |
| CÙL STÒRAN IOMLAN | | **699,824** | 719,236 |

Chaidh na cunntasan seo aontachadh leis a' Bhòrd air 12 Ògmhios 2019

**Ailean Dòmhnullach (Cathraiche)**

**Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)**

Tha na poileasaidhean agus notaichean cunntasachd nam pàirt riatanach de na cunntasan seo.

## Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig
# Aithris air atharrachaidhean ann an cothromas mar aig 31 Màrt 2019

| | Cùl Stòran £ |
|---|---|
| Luach aig 1 Giblean 2017 | 699,000 |
| Còrr airson na bliadhna | 20,236 |
| Luach aig 1 Giblean 2018 | 719,236 |
| Easbhaidh airson na bliadhna | (19,412) |
| Luach aig 31 Màrt 2019 | 699,824 |





## Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig
# Aithris air sruthan-airgid airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2019

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| **SRUTHAN-AIRGID BHO GHNÌOMHAN-OBRACHAIDH:** | | |
| (Easbhaidh)/còrr obrachaidh | **(17,561)** | 40,371 |
| Ìsleachadh air seilbh, acainn & uidheam | **282,197** | 369,197 |
| Luach-chrìonaidh maoin neo-làimhseachail | **11,178** | 5,011 |
| Tabhartasan Calpa air an saoradh | **-** | (60,000) |
| Call air cur-às do seilbh, acainn & uidheam | **4,258** | 258 |
| Lùghdachadh/(meudachadh)ann an clàran-seilbhe: riochdachaidhean rin craoladh | **654,434** | (881,311) |
| (Lùghdachadh)/meudachadh ann an teachd a-steach an dàil | **(654,434)** | 881,311 |
| Lùghdachadh/(meudachadh) ann an suimean ri thighinn a-steach | **240,686** | (152,709) |
| (Lùghdachadh) ann an suimean rim pàigheadh | **(89,272)** | (122,678) |
| Sruth-airgid lom a-steach bho ghnìomhan obrachaidh | **431,486** | 89,450 |
| **SRUTHAN-AIRGID BHO GHNÌOMHAN-TASGAIDH:** | | |
| Riadh pàighte | **(1,620)** | (1,557) |
| Reic seilbh, acainn & uidheam | **2,695** | 111 |
| Ceannachd seilbh, acainn & uidheam | **(364,277)** | (203,916) |
| Ceannachd maoin neo-làimhseachail | **(25,688)** | (8,693) |
| Sruth-airgid lom bho ghnìomhan-tasgaidh | **(388,890)** | (214,055) |
| **SRUTHAN-AIRGID BHO GHNÌOMHAN IONMHASACHAIDH:** | | |
| Gnìomhan-ionmhasachaidh | **(5,053)** | (4,043) |
| Sruth-airgid lom bho ghnìomhan-ionmhasachaidh | **(5,053)** | (4,043) |
| Atharrachadh lom ann an airgead | **37,543** | (128,648) |
| Airgead agus co-ionann ri airgead mar aig 1 Giblean 2018 | **37,806** | 166,454 |
| Airgead agus co-ionann ri airgead mar aig 31 Màrt 2019 | **75,349** | 37,806 |

Tha na poileasaidhean agus notaichean cunntasachd nam pàirt riatanach de na cunntasan seo.

# Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig
# Notaichean ris na cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2019

1 **POILEASAIDHEAN CUNNTASACHD**

**Bun-stèidh Ullachaidh**
Chaidh na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach. Tha an IFRS a' gabhail a-steach nan inbhean agus nam mìneachaidhean a chaidh an aontachadh leis a' Bhòrd Eadar-nàiseanta air Inbhean Cunntasachd ("IASB") agus mìneachaidhean a chaidh an cur an cèill leis a' Chomataidh Mìneachaidhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd ("IFRIC").

Chaidh na cunntasan ullachadh air a' mhodh cosgais eachdraidheil air bhun chùis a tha a' dol.

**Bun chùis a tha a' dol**
Tha an t-Seirbheis mothachail air cho mòr 's tha i an eisimeil taic ionmhais leantainneach bho mhinistearan Riaghaltas na h-Alba aig ìrean fiosgail iomchaidh airson obair a chumail suas gus com-pàirteachas BBC ALBA leis a' BhBC a riarachadh. Faodaidh an t-Seirbheis a bhith a' sùileachadh gu reusanta gum bi stòrasan gu leòr ann airson leantainn air adhart ag obair airson an ath dhusan mìos. Airson an adhbhair seo thathar a' leantainn air adhart mar bhun chùis a tha a' dol ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan.

Tha na prìomh phoileasaidhean cunntasachd air a bhith air an cur an cèill gu cunbhalach a thaobh cunntasan na Seirbheise.

**Teachd-a-steach**
Tha na tabhartasan a fhuarar bho Riaghaltas na h-Alba air an cur ris an Aithris air Teachd-a-steach Iomlan sa bhliadhna co-cheangailte riutha ach fo smachd tabhartasan sam bith a chaidh fhaighinn agus a bha air an cleachdadh gus riochdachaidhean a mhaoineachadh a bhiodh air an craoladh aig deireadh na bliadhna. Thèid an teachd-a-steach an dàil seo a chomharrachadh nuair a thèid na tabhartasan riochdachaidh co-cheangailte a chur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach Iomlan mar a tha mìnichte sa phoileasaidh fa leth airson tabhartasan riochdachaidh air am mìneachadh gu h-ìosal.

**Cùmhnantan Riochdachaidh**
Tha tabhartasan agus còraichean riochdachaidh telebhisein is rèidio air an cumail san Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail agus air an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach Iomlan an uair a tha an riochdachadh ris a bheil iad ceangailte air a chraoladh airson a' chiad uair.

**Teachd-a-steach Stiùidio**
Tha teachd-a-steach bhon stiùidio air a chomharrachadh san Aithris air Teachd-a-steach Iomlan nuair a tha bathar agus seirbheisean air an lìbhrigeadh.

**Cùmhnantan Eile**
Tha cùmhnantan leasachaidh agus gach cùmhnant eile a tha ri phàigheadh air an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach Iomlan nuair a dh'fheumar am pàigheadh.

**Gabhaltasan**
Tha nithean air màl pàighte fo ghabhaltasan obrachaidh agus chùmhnantan ceannach fastaidh air an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach Iomlan nuair a dh'fheumar am pàigheadh.

**Cosgaisean Peinnsein**
Tha na cosgaisean peinnsein a chaidh an cur chun na h-Aithris air Teachd-a-steach Iomlan a' riochdachadh sùim nan tabhartasan rim pàigheadh airson an àm chunntasachd.

**Seilbh, Acainn & Uidheam**
*Ìsleachadh*

Tha ìsleachadh ann airson so-mhaoin stèidhichte làimhseachail a chur às a' chunntas le tuairmse air an fheum eaconamach ach às aonais tuairmse an luach aig deireadh am beatha fheumail mar a leanas:

| | | |
|---|---|---|
| Talamh agus togalaichean | - | 20% loidhne dhìreach |
| Acainn & uidheam: | | |
| Uidheam Coimpiutaireachd | - | 33% loidhne dhìreach |
| Àirneis & Uidheam Oifise | - | 20% loidhne dhìreach |
| Carbadan Motair | - | 25% lùghdachadh cothromachaidh |
| Uidheam Stiùidio | - | 20% loidhne dhìreach |

**Maoin Neo-làimhseachail**
*Luach-chrìonaidh*

Tha luach-chrìonaidh air a thabhann gus cur às a' chunntas luach iarmadach tuairmsichte den do-mhaoin thar am beatha fheumail tuairmsichte, mar a leanas:

| | | |
|---|---|---|
| Bathar-bog Coimpiutair | - | 20% loidhne dhìreach |

**Tabhartasan Calpa**
Tha tabhartasan calpa air an cumail san Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail agus air an toirt air dhàil don Aithris air Teachd-a-steach Iomlan ann an co-rèir ri poileasaidh ìsleachaidh na so-mhaoin ris a bheil an tabhartas ceangailte.

**Airgead agus co-ionann ri airgead**
Tha airgead agus co-ionann ri airgead a' gabhail a-steach airgead-làimhe agus airgead taisgte a tha furasta a thionndadh gu sùim aithnichte de dh'airgead-làimhe agus nach eil buailteach ach air glè bheag de dh'atharrachadh ann an luach.

**Ionnsramaidean Ionmhasail**
Tha maoin ionmhasail agus fiachan ionmhasail air an aithneachadh san Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail an uair a tha an t-Seirbheis air aonta a chur ri solar cunnraidh na h-ionnsramaid.

*Maoin Ionmhasail*

Tha na maoin ionmhasail air fad air an aithneachadh agus air an dì-aithneachadh air ceann-là malairt far a bheil ceannach no reic so-mhaoin ionmhasail fo chunnradh anns a bheil cumhan a tha a' ciallachadh gum feum an so-mhaoin a bhith air a lìbhrigeadh taobh a-staigh an ama a chaidh a stèidheachadh le prìomh neach-ceannachd na Seirbheise, agus a tha sa chiad dol a-mach air a thomhas aig luach chothromach, agus cosgaisean gnìomh-malairt.

*Is e nithean air am faotainn an t-aon seòrsa so-mhaoin ionmhasail a tha aig an t-Seirbheis*

Tha nithean air am faotainn tro mhalairt agus nithean eile a tha air am faotainn a thathar a' pàigheadh mar shuimean a tha stèidhichte no dearbhte nach eil air an luachadh ann am margaidh ghnìomhach air am meas mar 'nithean rim faotainn'. Tha iad air an tomhais aig cosgais luach chrìonaidh a' cleachdadh a' mhodh rèidh èifeachdaich, às aonais milleadh sam bith. Tha riadh teachd-a-steach air aithneachadh le bhith a' cur an cèill an reata rèidh èifeachdaich, ach a-mhàin nithean rim faotainn airson geàrr ùine far am biodh aithneachadh air riadh neo-thàbhach.

*Milleadh air so-mhaoin ionmhasail*

Tha so-mhaoin ionmhasail air am measadh airson comharran air easbhaidh air ceann-là gach Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail. Tha easbhaidh ann an so-mhaoin ionmhasail an uair a tha fianais neo-phàirteach ann, gu bheil, mar thoradh air aon tachartas no barrachd a ghabh àite an dèidh a' chiad aithneachadh den t-so-mhaoin ionmhasail, gu bheil buaidh aige air an t-sruth airgid a tha air a mheasadh airson an ama ri teachd.

Airson cuid de sheòrsaichean so-mhaoin ionmhasail, leithid nithean air am faotainn tro mhalairt, bidh so-mhaoin a tha air am measadh, gun a bhith air am milleadh a thuilleadh air seo, air am measadh airson milleadh air bun-stèidh cruinnichte. Dh'fhaodadh fianais chothromach air milleadh airson pasgan de nithean air am faotainn gabhail a-steach an t-eòlas eachdraidheil a tha aig an t-Seirbheis ann a bhith a' cruinneachadh pàighidhean, meudachadh san àireamh de phàighidhean air an robh dàil sa phasgan thar an ama creideis àbhaisteach, cho math ri atharrachaidhean mothachail ann an suidheachaidhean eaconamach nàiseanta no ionadail a tha ann an co-dhàimh ri dearmad ann an nithean air am faotainn.

A thaobh so-mhaoin a tha air an cumail aig cosgais luach crìonaidh, is e meud a' mhillidh na h-eadar-dhealachaidhean eadar luach giùlain an t-so-mhaoin agus an luach làithreach a thathar a' meas a bhios aig an t-sruth airgid aig an àm ri teachd le lasachadh a rèir reata rèidh a bha aig an t-so-mhaoin ionmhasail o thùs.

Tha luach làithreach an t-so-mhaoin ionmhasail air a lùghdachadh gu dìreach leis a' chall millidh a thaobh nan so-mhaoinean ionmhasail ach a' fàgail a-mach nithean air am faotainn tro mhalairt far a bheil an luach làithreach air a lùghdachadh tro bhith a' cleachdadh cunntas cuibhreann. Far a bheilear a' meas nach gabh nì air fhaotainn tro mhalairt a thionail thathar ga chur às an aghaidh a' chunntais chuibhrinn. An uair a gheibhear air ais suimean a chaidh a chur às thathar ga chur ris a' chunntas chuibhreann. Tha atharrachaidhean sa chunntas làithreach den chunntas cuibhreann air an aithneachadh mar phrothaid no call.

*Dì-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail*

Tha an t-Seirbheis a' dèanamh dì-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail a-mhàin an uair a tha còraichean cunnradail an t-sruth-airgid bho so-mhaoin a bhith a' crìochnachadh, air neo an uair a thèid an t-so-mhaoin ionmhasail atharrachadh agus a tha na riosgan agus na duaisean air fad agus an sealbh den t-so-mhaoin a' gluasad gu buidheann eile. Mur a dèan an t-Seirbheis atharrachadh no mur a cùm i na riosgan agus na duaisean seilbh agus a leanas i oirre a' cumail smachd air an t-so-mhaoin a chaidh a ghluasad, bidh an t-Seirbheis a' toirt aithne do dh'ùidh leantainneach san t-so-mhaoin agus fiachan co-cheangailte airson suimean is dòcha a dh'fheumar a phàigheadh. Ma chumas an t-Seirbheis gu tàbhachdach na riosgan agus na duaisean seilbh a tha aig so-mhaoin ionmhasail a chaidh atharrachadh, leanaidh an t-Seirbheis oirre ag aithneachadh an t-so-mhaoin ionmhasail agus bheir i aithne cuideachd do iasad colatarail airson an teachd-a-steach a fhuaras.

Ann a bhith a' dèanamh dì-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail gu tur, bidh an t-eadar-dhealachadh eadar sùim leantainneach an t-so-mhaoin agus sùim a' bhreithneachaidh a chaidh fhaotainn agus a dh'fhaodar fhaighinn agus a' bhuannachd no an call tionalach a chaidh aithneachadh ann an teachd-a-steach iomlan eile agus a chaidh a chàrnadh ann an cothromas air aithneachadh san Aithris air Teachd-a-steach Iomlan.





*Is e do-mhaoin ionmhasail eile an t-aon seòrsa do-mhaoin ionmhasail a tha aig an t-Seirbheis*

Tha do-mhaoin ionmhasail eile, a' gabhail a-steach nithean air am pàigheadh tro mhalairt air am measadh air tùs aig luach chothromach, às aonais cosgaisean tar-ghnìomh.

Tha do-mhaoin ionmhasail eile, an dèidh seo air an tomhas aig cosgais luach-chrìonaidh a' cleachdadh a' mhodh rèidh èifeachdaich, le cosgais rèidh air aithneachadh air bhun-stèidh toradh èifeachdach.

Is e modh rèidh èifeachdach modh-obrach a thaobh a bhith ag obrachadh a-mach cosgais luach-chrìonaidh de dho-mhaoin ionmhasail agus a bhith a' riarachadh cosgais rèidh thar na h-ùine iomchaidh. Is e an ìre an rèidh èifeachdaich an ìre a tha gu dìreach a' lasachadh nam pàighidhean a thathar a' meas a bhios air an dèanamh san àm ri teachd tron bheatha a thathar a' sùileachadh a bhios aig an do-mhaoin, no, far a bheil e iomchaidh, ùine nas giorra, chun t-sùim luim air a thoirt air adhart air aithneachadh sa chiad dol a-mach.

*Dì-aithneachadh air do-mhaoin ionmhasail*

Tha an t-Seirbheis a' dì-aithneachadh do-mhaoin ionmhasail, an uair, agus a-mhàin an uair, a tha dleastanasan na Seirbheise air an coileanadh, air an dubhadh às no a tha iad air ruith a-mach. Tha an t-eadar-dhealachadh eadar an t-sùim a tha air a thoirt air adhart den do-mhaoin ionmhasail air a dhì-aithneachadh agus tha am breithneachadh pàighte agus ri phàigheadh air aithneachadh san Aithris air Teachd-a-steach.

## 2 GABHAIL RI INBHEAN ÙRA AGUS ATH SGRÙDAICHTE

Aig ceann-là ùghdarrachaidh nan aithrisean ionmhasail seo, tha na h-Ìrean agus na Mìneachaidhean a leanas nach deach an cur an cèill sna h-aithrisean ionmhasail seo air an cur a-mach ach cha robh iad fhathast èifeachdach (agus ann an cuid de shuidheachaidhean cha robh iad fhathast air an gabhail riutha leis an EU):

- IFRS 16, Gabhaltasan (èifeachdach 1 Faoilleach 2019)
- IFRIC 23 Mì-chinnt mu Dhèiligeadh ri Cìs Cosnaidh (èifeachdach 1 Faoilleach 2019)

Ma thèid gabhail ri IFRS 16 bidh so-mhaoin agus do-mhaoin ann de £2m, a thaobh oifisean agus stiùidiothan Steòrnabhaigh, a bhith air an toirt chun Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail.

Chan eil na buill dhan bheachd gum bi buaidh shusbainteach aig a bhith a' gabhail ris na h-Ìrean agus na Mìneachaidhean a chaidh an liostadh gu h-àrd, a thuilleadh air IFRS 16, air aithrisean ionmhasail a' Bhùird sna h-amannan ri teachd.

Chaidh beachdachadh air agus gabhail leis an t-Seirbheis ris na h-atharrachaidhean a leanas ris na IFRSan, a tha èigneachail sa bhliadhna a tha an làthair, a chuireadh a-mach le Bòrd Eadar-nàiseanta nan Inbhean Cunntasachd:

- IFRS 9, Ionnsramaidean Ionmhasail (2014) (èifeachdach 1 Faoilleach 2018)
- IFRS 15, Teachd a-steach bho Chunnraidhean le Luchd-dèilig (èifeachdach 1 Faoilleach 2018)
- Cearcall Leasachaidhean Bliadhnail 2014-2016 – èifeachdach airson amannan a mhaireas airson bliadhna air neo an dèidh 2018 (IFRS 1 agus IAS 28) agus 1 Faoilleach 2017 (IFRS 12).

## 3 BREITHNEACHAIDHEAN CUNNTASACHD DEATAMACH AGUS PRÌOMH THÙSAN MEASADH NEO-CHINNT

Ann a bhith a' cur an cèill poileasaidhean cunntasachd na Seirbheise, a tha air am mìneachadh ann an nota 1, feumaidh na buill a thighinn gu co-dhùnaidhean, tuairmsean agus beachdan mu na suimean a tha air an toirt air adhart a thaobh na so-mhaoin agus na do-mhaoin nach eil furasta mothachadh dhaibh bho thùsan eile. Tha na tuairmsean agus na beachdan co-cheangailte air an aithneachadh, stèidhichte air eòlas eachdraidheil agus factaran eile a thathar a' meas a tha iomchaidh. Dh'fhaodadh na toraidhean aig a' cheann thall a bhith eadar-dhealaichte ris na tuairmsean sin.

Tha na tuairmsean agus na ro-bheachdan air a bheil iad stèidhichte air an ath-sgrùdadh air bhun-stèidh leantainneach. Tha atharrachaidhean ris na tuairmsean cunntasachd air an aithneachadh airson an ama anns a bheil an tuairmse air atharrachadh ma tha an t-atharrachadh a' toirt buaidh a-mhàin air an àm sin, no ann an àm an atharrachaidh agus nan amannan ri teachd ma tha an t-atharrachadh a' toirt buaidh air na h-amannan làithreach agus na h-amannan ri teachd.

*Breithneachaidhean deatamach a thaobh a bhith a' cur an* cèill poileasaidhean cunntasachd na Seirbheis

Is iad na leanas na breithneachaidhean deatamach, a thuilleadh air an fheadhainn a tha a' gabhail a-steach tuairmsean (a tha air dèiligeadh riutha fa leth gu h-ìosal), a tha na buill air a dhèanamh sa phròiseas a bhith a' cur an cèill poileasaidhean cunntasachd na Seirbheise agus aig a bheil a' bhuaidh as brìgheil air na suimean a tha air an aithneachadh ann an aithrisean ionmhasail.

- Luach Riochdachaidhean rin Craoladh

Tha an t-Seirbheis ag aithneachadh luachadh chlàran seilbhe: riochdachaidhean a tha rin craoladh mar luach ceannachd chòraichean craolaidh a chaidh an ceannachd bho luchd-riochdachaidh. Tha luach nan còraichean air am meas mar a bhith air a chosg an uair a thèid ciad craoladh a dhèanamh den phrògram le ath-chraolaidhean fon chead a chaidh fhaotainn air fhaicinn aig luach airgid de bheag seadh. Mar thoradh air a' cho-dhùnadh seo, tha luach nan riochdachaidhean air an craoladh a tha air ainmeachadh san Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail mar prìs ceannachd phrògraman a tha fhathast rin craoladh agus còraichean sam bith an cois sin.

- Co-bhanntachd BBC ALBA

Is e prìomh ghnìomh na Seirbheise a bhith a' ruith obair BBC ALBA, an t-seanail telebhisean Gàidhlig, ann an co-bhanntachd leis a' BhBC. Tha an t-seanail ag obair fo chùmhnant an Aonta Laghail eadar MG ALBA agus am BBC. Tha an t-Seirbheis ag aithneachadh gu bheil i an eisimeil taic leantainneach, aig ìrean iomchaidh fiosgail, bho mhinistearan Riaghaltas na h-Alba gus obair a chumail seasmhach a thaobh a bhith a' riarachadh a chom-pàirteachas le BBC ALBA mar am prìomh nì ann a bhith a' libhrigeadh dhleastanasan na Seirbheise. An dèidh ceistean a thogail, tha na buill riaraichte gun lean an càirdeas agus mar sin tha iad ag ullachadh nan cunntasan air stèidh leantainneach mar a tha air a mhìneachadh ann an nota 1.

- Gealltanasan

Mar a chaidh ainmeachadh, tha an t-Seirbheis mothachail air taic leantainneach mhinistearan Riaghaltas na h-Alba aig ìre a leigeas leis an t-Seirbheis a dleastanasan a choileanadh.san fhad-ùine. Tha an taic seo air leth riatanach, gu h-àraidh a thaobh aontan tomhas riochdachaidh (faic nota 14) agus gealltanasan gabhaltais (nota 15). Mar thoradh air seo, tha lèirmheas solair taobh a-staigh nan aontaidhean phasgain, a dh'fhaodar a chur an sàs nam biodh lùghdachadh mòr sam bith ann an suidheachadh fiosgail na Seirbheise agus cuideachd clàs lèirmheis 5 bliadhnail sa chùmhnant gabhail nam prìomh oifisean agus stiùidiothan ann an Steòrnabhagh.

## 4 (EASBHAIDH)/CÒRR OBRACHAIDH

| | | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|---|
| Tha (easbhaidh)/còrr obrachaidh air a h-aithris an dèidh cosgais/(creideasachadh): | | | |
| Siubhail agus teachd-an-tìr | – Buill | **24,104** | 16,017 |
| | – Luchd-obrach | **152,329** | 129,353 |
| Pàigheadh an neach-sgrùdaidh | – Sgrùdadh | **17,800** | 19,900 |
| | – Neo-sgrùdadh | **-** | - |
| Ìsleachadh | | **282,197** | 369,197 |
| Luach-crìonaidh | | **11,178** | 5,011 |
| Saoradh tabhartais chalpa | | **-** | (60,000) |

## 5 COSGAISEAN IONMHAIS LOM

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Riadh ri fhaotainn | **1,376** | 387 |
| Riadh ri fhaotainn & cìsean coltach | **(2,996)** | (1,944) |
| Riadh lom ri phàigheadh | **(1,620)** | (1,557) |

## 6 CÌSEAN

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Tha cìsean air riadh a fhuaras airson na bliadhna mar a leanas: | | |
| Cìs Chorporra na RA @ 19% (2018: 20%) | **231** | 78 |

## 7 PÀIGHEADH AN ÀRD-OIFIGEIR & LUCHD-COSNAIDH

B' e àireamh chuibheasach nan daoine (an t-Àrd-Oifigear nam measg) a bha ann an cosnadh aig a' Bhòrd rè na bliadhna 35 (2018:31).

Cosgaisean Luchd-cosnaidh (do na daoine gu h-àrd)

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Duaisean agus Tuarastail Bliadhna | **1,236,168** | 1,123,043 |
| Cosgaisean Tèarainteachd Sòisealta | **130,465** | 122,264 |
| Cosgaisean peinnsein eile (faic nota 17) | **183,414** | 162,376 |
| | **1,550,047** | 1,407,683 |

Chaidh na cosgaisean gu h-àrd a roinn mar a leanas:

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Cosgaisean rianachd | **397,518** | 349,385 |
| Rianachd Seanail | **349,449** | 375,357 |
| Cosgaisean obrachaidh na Seanail | **311,597** | 283,908 |
| Riochdachaidhean | **491,483** | 399,033 |
| | **1,550,047** | 1,407,683 |

Bha pàigheadh a thaobh an neach-obrach a bu mhotha a bha a' faighinn de thuarastal mar a leanas:

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Dioladh-dreuchda (agus sochairean mar an ceudna) | **101,081** | 100,081 |
| Tabhartasan peinnsein ri sgeama ceannach airgid bho pheinnseanan (faic nota 17) | **15,162** | 15,012 |
| | **116,243** | 115,093 |

## 8 CATHRAICHE & BUILL

Thàinig pàigheadh agus dìolaidhean eile, agus sochairean a fhuair an Cathraiche gu: Leig M. Choineagan dhith a dreuchd air 30 Sultain 2018, £5,730 (2018: £11,460); A Dòmhnullach air a chur an dreuchd 1 Faoilleach 2019, £2,865 (2018: £0).

Seo an àireamh de Bhuill eile a fhuair suimean taobh a-staigh nam bannan a leanas:

| | 2019 Àireamh | 2018 Àireamh |
|---|---|---|
| £3,358 | **1*** | - |
| £5,037 | **7** | 8 |

*Leig Catriona Nic a' Phì dhith a dreuchd air a' Bhòrd air 30 Samhain 2018.

## 9 SO-MHAOIN NEO-LÀIMHSEACHAIL

| | Bathar-bog Coimpiutair £ |
|---|---|
| *Cosgais* | |
| Aig 1 Giblean 2018 | 33,030 |
| Cur-ris | 25,688 |
| **Aig 31 Màrt 2019** | 58,718 |
| *Ìsleachadh* | |
| Aig 1 Giblean 2018 | 9,878 |
| Cosgais airson bliadhna | 11,178 |
| **Aig 31 Màrt 2019** | 21,056 |
| *Luach Leabhair Lom* | |
| **Aig 31 Màrt 2019** | 37,662 |
| **Aig 31 Màrt 2018** | 23,152 |

## 10 SEILBH, ACAINN & UIDHEAM

| | Talamh & Toglaichean £ | Acainn & Uidheam £ | Uidheam Stiùidio £ | Iomlan £ |
|---|---|---|---|---|
| *Cosgais* | | | | |
| Aig 1 Giblean 2018 | 1,192,579 | 333,904 | 4,065,884 | 5,592,367 |
| Cur-ris | 63,781 | 25,148 | 275,348 | 364,277 |
| Cur-às | | (37,656) | | (37,656) |
| **Aig 31 Màrt 2019** | 1,256,360 | 321,396 | 4,341,232 | 5,918,988 |
| *Ìsleachadh* | | | | |
| Aig 1 Giblean 2018 | 1,146,400 | 208,402 | 3,655,071 | 5,009,873 |
| Cosgais airson bliadhna | 32,630 | 51,708 | 197,859 | 282,197 |
| Cur-às | | (30,703) | | (30,703) |
| **Aig 31 Mart 2019** | 1,179,030 | 229,407 | 3,852,930 | 5,261,367 |
| *Luach Leabhair Lom* | | | | |
| **Aig 31 Màrt 2019** | 77,330 | 91,989 | 488,302 | 657,621 |
| **Aig 31 Màrt 2018** | 46,179 | 125,502 | 410,813 | 582,494 |

**So-mhaoin air an cumail fo Ghabhaltas Ionmhais**

Am measg Acainn & Uidheam tha carbaid air a chumail fo chùmhnant ceannach fastaidh a chaidh cur às dheth tron bhliadhna. Aig deit a' chur às, bha an so-mhaoin aig luach £6,953 (2018: £8,141) agus chaidh ìsleachadh de £1,188 (2018: £2,713) a leagail co-cheangailte ris an t-so-mhaoin sa bhliadhna

### 11 MALAIRT & NITHEAN EILE A THA RI FHAIGHINN

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Nithean malairt ri fhaighinn | **28,792** | 106,556 |
| Ro-phàighidhean agus teachd-a-steach tàrmaichte | **161,282** | 324,204 |
| | **190,074** | 430,760 |

Aois fiachan a tha seachad air an ceann-là pàighidh ach a thathar a' sùileachadh:

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Chan eil e ri phàigheadh fhathast | **28,672** | 57,940 |
| 31-60 là | **-** | - |
| 61-90 là | **120** | 616 |
| >91 là | **-** | 48,000 |
| | **28,792** | 106,556 |

### 12 MALAIRT & NITHEAN EILE A THA RI PHÀIGHEADH

| DO-MHAOIN LÀITHREACH | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Malairt & nithean eile a tha ri phàigheadh | **143,220** | 300,152 |
| Luchd-creideis eile | **117,431** | 53,736 |
| Do-mhaoin Cìs Làithreach | **231** | 78 |
| | **260,882** | 353,966 |

**DO-MHAOIN NEO-LÀITHREACH**

| | | |
|---|---|---|
| Neach-creideis HP | **-** | 1,010 |

### 13 TEACHD-A-STEACH AN DÀIL

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Tabhartas an dàil – Riochdachaidhean nach deach an craoladh fhathast | **3,750,091** | 4,404,525 |

### 14 GEALLTANASAN RIOCHDACHAIDH

Mar aig 31 Màrt 2019 bha ro-ghealltanasan chùmhnantan riochdachaidh de £14,555,052 (2018: £19,842,390). Tha an gealltanas seo ri phàigheadh thar 3 bliadhna (2018: 4 bliadhna) mar a leanas:

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| 2018/19 | **–** | 7,591,629 |
| 2019/20 | **8,084,822** | 6,883,531 |
| 2020/21 | **5,454,256** | 4,663,256 |
| 2021/22 | **1,015,974** | 703,974 |
| | **14,555,052** | 19,842,390 |

### 15 GEALLTANASAN GABHALTAIS: PÀIGHIDHEAN GABHALTAIS ÌOS MHEUD

| | 2019 £ | 2018 £ |
|---|---|---|
| Pàighidhean gabhaltais fo ghabhaltasan obrachaidh air an aithneachadh mar chosgais sa bhliadhna | **150,895** | 138,213 |

Aig ceann-là an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, bha gealltanasan airson pàighidhean gabhaltais san àm ri teachd fhathast rim pàigheadh fo ghabhaltasan nach gabhadh an dubhadh às, rim pàigheadh mar a leanas:

| | 2019 Talamh & Toglaichean £ | 2019 Eile £ | 2018 Talamh & Toglaichean £ | 2018 Eile £ |
|---|---|---|---|---|
| Rim pàigheadh taobh a-staigh aon bhliadhna | **134,000** | **15,638** | 120,000 | 16,836 |
| Rim pàigheadh taobh a-staigh 1-5 bliadhna | **536,000** | **14,266** | 480,000 | 29,904 |
| Rim pàigheadh taobh a-staigh còrr air 5 bliadhna | **1,876,000** | – | 1,800,000 | – |
| | **2,546,000** | **29,904** | 2,400,000 | 46,740 |

### 16 AONTAN CALPA

Bha aontan calpa aig an t-Seirbheis de £42,909 aig 31 Màrt 2019 (2018: neoni).

### 17 SGEAMA PEINNSEIN

Tha an t-Seirbheis ag ullachadh thabhartasan peinnsein ro-shocraichte do gach neach-cosnaidh a tha airidh air. Tha na so-mhaoin air an cumail fa leth bho so-mhaoin na Seirbheise ann am maoinean rianaichte gu neo-eisimeileach aig companaidhean àrachais. Tha cosgais a' pheinnsein airson na bliadhna, aig caochladh reataichean a rèir an tuarastail, a' riochdachadh nan tabhartasan a tha rim pàigheadh leis an t-Seirbheis do na maoinean agus a' tighinn gu £183,414 (2018: £162,376).

## 18 IONNSRAMAIDEAN IONMHASAIL

Tha obair na Seirbheise ga fàgail fosgailte ri grunnan riosg ionmhasail:

- riosg creideis – an comas gu faod pàirteachasan eile gun an t-airgead iomchaidh a phàigheadh;
- riosg sgaoilidh – an comas gu faod nach bi am maoin aig a' Bhòrd airson coinneachadh ri dhealasan gus pàighidhean a dhèanamh; agus
- riosg margaidh – an comas gu faod call ionmhasail èiridh mar thoradh air atharrachaidhean ann an tomhasan mar reataichean rèidh no reataichean co-luach cèin.

Mar thoradh air nàdar a gnìomhan agus an dòigh anns a bheil an t-Seirbheis air a stèidheachadh, chan eil an t-Seirbheis fosgailte don ìre de riosg ionmhasail a tha aig buidhnean gnothachais corporra.

*Riosg creideis*
Tha riosg creideis a' tighinn bho airgead-làimhe agus nithean co-ionann ri airgead-làimhe, tasgaidhean ann am bancaichean agus ann an institiutan eile, cho math ri fosglaidhean creideas luchd-dèilig, a' gabhail a-steach tasgaidhean air leth agus gnìomhan-malairt daingeann.

A thaobh bancaichean agus buidhnean eile, chan eilear a' gabhail ach pàirteachasan a tha air am measadh gu neo-eisimeileach le measadh aig ìre 'A'.

Tha luchd-dèilig air am measadh, a' gabhail a-steach an suidheachadh ionmhasail, an t-eòlas a bha aca agus factaran eile, le ìrean creideis fa-leth air an sgrùdadh gu mionaideach tron bhliadhna.

Cha robh cunntas ann a thaobh a bhith a' faighinn airgead air ais bho luchd-fiach san àm seo, agus cha robhar a' sùileachadh call mar thoradh air neo-choileanadh le contra-phàrtaidh a thaobh tasgaidhean.

*Riosg sgaoilidh*
Tha an clàr gu h-ìosal a' dèanamh anailis air sgaoilidhean ionmhasail a rèir buidhnean abachaidh iomchaidh stèidhichte air an àm a tha air fhàgail aig an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail chun a' chinn-là abachaidh chunnradail. Tha na suimean a tha air am foillseachadh sa chlàr nan sruthan-airgid cunnradail neo-lasaichte agus a' riochdachadh ìomhaigh abachaidh nam fiachan. Tha na cothromachaidhean a tha rim pàigheadh taobh a-staigh 12 mìos co-ionann ris an luach leantainneach aca leis gu bheil buaidh lasachaidh neo-chudromach.

| | Nas lugha na 1 bhliadhna £ | Eadar 1 agus 2 bhliadhna £ | Eadar 2 agus 5 bliadhna £ | Thairis air 5 bliadhna £ |
|---|---|---|---|---|
| Aig 31 Màrt 2019 | | | | |
| Malairt & nithean eile a tha ri phàigheadh | **260,887** | - | - | - |
| Uile gu lèir | **260,887** | - | - | - |
| Aig 31 Màrt 2018 | | | | |
| Malairt & nithean eile a tha ri phàigheadh | 335,466 | **1,010** | - | - |
| Uile gu lèir | 335,466 | **1,010** | - | - |

Tha malairt agus nithean eile a tha ri fhaotainn rim pàigheadh taobh a-staigh 1 bliadhna.

*Riosg margaidh*
i) Riosg ìre rèidh
Chan eil so-mhaoin no do-mhaoin cudromach aig an t-Seirbheis a tha a' giùlain riadh agus mar sin tha sruthan airgid teachd-a-steach agus caiteachas gu ìre mhòr neo-eisimeileach bho atharrachaidhean ann an reataichean rèidh na margaidh.

ii) Riosg airgead cèin
Chan eil an t-Seirbheis fosgailte do riosg airgead cèin.

*Tuairmse Luach Cothromach*
Tha an luach toirt air adhart de dh'airgead agus co-ionann ri airgead air a mheas mar a bhith aig an t-aon ìre ri an luach cothromach.

Tha an luach toirt air adhart às aonais ullachadh lùghdachaidh ann an suimean malairt ri thighinn a-steach agus rim pàigheadh air am meas mar a bhith aig an t-aon ìre ris an luach chothromach.

## 19 GNÌOMH-MALAIRT PÀRTAIDH CO-CHEANGAILTE

Tron bhliadhna is iad na h-aon ghnìomhan-malairt co-cheangailte ri pàrtaidh, pàigheadh bhall mar a tha sin air a mhìneachadh ann an nota 8.

# Tuilleadh Fiosrachaidh

## RIARACHADH PHÀIGHIDHEAN GU PRÒGRAMAN TBH & LEASACHADH PHRÒGRAMAN TBH, 2018/19

| | |
|---|---|
| BBC | 6% |
| Riochdairean Neo-eisimeileach | 94% |



## FAODAR AN RIARACHADH SEO A SGRÙDADH MAR A LEANAS:

| | Total |
|---|---|
| Nemeton TV Scotland | 26.4% |
| Bees Nees Media | 14.5% |
| macTV | 11.7% |
| Young Films | 10.8% |
| Caledonia TV | 6.9% |
| BBC | 5.7% |
| The Woven Thread | 4.4% |
| Obh! Obh! | 3.7% |
| Midas Media | 2.7% |
| Solus Productions | 2.0% |
| Purple TV | 1.8% |
| Magic B Films | 1.6% |
| Moja | 1.1% |
| Cwmni Da | 1.0% |
| Mast-Ard Studio | 0.9% |
| Sorbier Productions | 0.8% |
| Trix Pix | 0.7% |
| Sgeul Media | 0.6% |
| Corran Media | 0.6% |
| Corcadal Productions | 0.6% |
| Am Bocsa | 0.4% |
| Media Co-op | 0.4% |
| H G Productions | 0.3% |
| Looks Film & TV | 0.3% |
| Demus Productions | 0.3% |

## ROINNEADH NA MAOINE, 2018/19

| | |
|---|---|
| Prògraman TBh, Rèidio & Air-loidhne | 88.1% |
| Cosgaisean Obrachaidh | 6.4% |
| Trèanadh | 2.7% |
| Rannsachadh | 0.7% |
| Leasachadh | 0.7% |
| Cosgaisean Obrach Luchd-ùidhe | 0.4% |
| Cosgaisean nam Ball | 0.5% |
| Sanasachd & Margaidheachd | 0.3% |
| Cosgaisean Obrachaidh na Seanail | 0.2% |

## PÀIGHIDHEAN RIOCHDACHAIDH A RÈIR GNÈ PHRÒGRAMAN, 2018/19

| | 2018/19 Cosgais | Uairean Co-ionnan | Cosgais san Uair |
|---|---|---|---|
| **Na h-Ealain & Dibhearsain** | 1,319,950 | 42.37 | **31,155** |
| **Clann** | 594,220 | 54.36 | **10,931** |
| **Dràma & Comadaidh** | 1,421,894 | 4.53 | **313,584** |
| **Aithriseachd** | 3,514,864 | 123.23 | **28,522** |
| **Creideamh** | 26,000 | 1.00 | **26,000** |
| **Spòrs** | 2,469,500 | 186.21 | **13,262** |
| **Rèidio** | 25,000 | 8.67 | **2,885** |

# An Luchd-Obrach

### CORPORRA & IONMHAS

**Dòmhnall Caimbeul** | Àrd-Oifigear

**Donaidh Dòmhnallach** | Manaidsear Gnìomhachais

**Catriona Màiri Neally** | Oifigear Gnìomhachais

**Màiri Anna NicAonghais** | Manaidsear Gàidhlig & Gnothaichean Corporra

**Niall M. Greumach** | Stiùiriche Ionmhais

**Nicola Pearson** | Cunntasair

**Karen Pickard** | Manaidsear Gnìomha

### RIANACHD & GOIREASAN

**Calum Moireasdan** | Neach-glèidhidh (dh'fhàg e air 31/3/19)

**Graham Moireasdan** | Neach-aire Ghoireasan

**Màiri Ross** | Neach-fàilteachais

**Marina NicDhòmhnaill** | Manaidsear Oifis

## Àrd-Stiùirichean



Dòmhnall Caimbeul

Niall M. Greumach

Iseabail Nic an t-Sagairt

### PRÒGRAMAN & LEASACHADH

**Iseabail Nic an t-Sagairt** | Stiùiriche Ro-innleachd & Co-bhanntachd

**Mairead Chamshron** | Deasaiche Seanail

**Sandra Corbett** | Oifigear Leasachaidh (dh'fhàg i air 15/8/18)

**Charissa Gray** | Neach-cuideachaidh a' Chlàir

**Uilleam MacLeòid** | Deasaiche Coimiseanaidh

**Murchadh MacSuain** | Manaidsear Conaltraidh

**Eilidh Lewsey** | Deasaiche LearnGaelic

**Caitlin Russell** | Oifigear Dhàimhean Didseatach LearnGaelic

**Iain Skaggs** | Inntearnach LearnGaelic

**Niall Tracey** | Inntearnach LearnGaelic

**Viktoria Marker** | Oifigear Rannsachaidh & Dealbhachaidh LearnGaelic (dh'fhàg i air 30/11/18)

**Michelle Mhoireasdan** | Neach-taic Seanail

**Siobhan NicAonghais** | Preasantair & Riochdaire Didseatach

**Fiona NicChoinnich** | Manaidsear an Aonaid Dhidseataich

**Ruth Mhoireach** | Riochdaire Didseatach

**Donna NicDhòmhnaill** | Leabharlannaiche nam Meadhanan

**Ceitlin L R Nic a' Ghobhainn** | Preasantair & Riochdaire Didseatach

**Kathryn NicAoidh** | Riochdaire Dreach na Seanail

**Katie NicRisnidh** | Oifigear nam Meadhanan Didseatach

**Laura NicLeòid** | Neach-cuideachaidh a' Chlàir

**Magaidh Nic an Tàilleir** | Manaidsear Clàr-phrògraman

**Abigail NicÌomhair** | Neach-cuideachaidh a' Chlàir agus Rianachd

### TEICNEÒLAS & OBRACHADH

**Iain MacGillIosa** | Manaidsear Obrachaidh (ICT)

**Ivor MacCoinnich** | Obraiche Teicneòlais

**Tormod MacLeòid** | Obraiche Shealbhan nam Meadhanan

**Uisdean MacLeòid** | Manaidsear Obrachaidh (Teicneòlas)

**Ridseard McHale** | Manaidsear Obrachaidh (Goireasan)

**Cailean Moireach** | Obraiche Teicneòlais

**Conor Dòmhnallach** | Obraiche Teicneòlais (dh'fhàg e air 16/10/18)

**Ged Yeates** | Deasaiche Cruthachail

**Anndra Friseal** | Obraiche Teicneòlais

# Buill a' Bhùird & Teirm nam Ball



**Ailean Dòmhnullach**
Cathraiche
1/1/19-31/12/22



**Jo NicDhòmhnaill**
Cathraiche, Comataidh Inbhean
1/5/16-30/4/20



**Iain Stephen Moireasdan**
Iar-Chathraiche, Comataidh Inbhean
10/8/15-9/8/19



**Calum MacFhearghais**
1/5/16-30/4/20



**Daibhidh Brew**
Cathraiche, Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh
1/5/16-30/4/20



**Donaidh MacAmhlaidh**
Iar-Chathraiche, Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh
1/5/18-30/4/22



**Màiri Kidd**
1/5/16-30/4/20



**Dùghall MacAmhlaigh**
1/9/16-31/8/20

## Làthaireachd aig coinneamhan

| | Bòrd | Comataidh Sgudaidh & Dearbhaidh | Comataidh Inbhean |
|---|---|---|---|
| Magaidh Choineagan | 3/3 | - | 2/2 |
| Ailean Dòmhnullach | 2/2 | - | 0/1 |
| Jo NicDhòmhnaill | 6/6 | - | 4/4 |
| Iain Stephen Moireasdan | 4/6 | - | 3/4 |
| Calum MacFhearghais | 1/6 | - | 3/4 |
| Catriona Nic a' Phì | 2/4 | - | 1/3 |
| Daibhidh Brew | 5/6 | 4/4 | - |
| Donaidh MacAmhlaidh | 6/6 | 4/4 | - |
| Màiri Kidd | 6/6 | 4/4 | - |
| Dùghall MacAmhlaigh | 2/6 | 3/4 | - |

Leig Magaidh Choineagan dhith a dreuchd mar chathraiche air 11/6/18, le buaidh bho 30/9/18
Leig Catriona Nic a' Phi dhith a dreuchd mar bhall air 30/11/18

# Dealbhan

1 Cover designed by Room for Design
2 ALT, Bees Nees Media, © Julie Broadfoot
3 Colin Macleod - When It Kicks In, MacTV, © MG ALBA
4 Colin Macleod - When It Kicks In, MacTV, © MG ALBA
5 BBC ALBA @ 10, © Craig Watson
6 An t-Eilean/From Skye With Love, Corcadal Productions, © MG ALBA
7 BBC ALBA Dover House Event, © Marc de Groot
8 Call Air Cladach Ìle, Caledonia TV, © Caledonia TV/MG ALBA
9 Faster Rate Of Progress, © Craig Watson
10 Scottish Premiership, Nemeton TV, © SNS Group
11 SWPL Cup Final Promo, © Lorraine Hill
12 Kate Forbes MSP Visit, © Katie MacRitchie
13 Mach à Seo!, Caledonia TV, © MG ALBA
14 Oidhche Shàmhach, Digital Hub, © Sandie MacIver
15 CBeebies ALBA, BBC Gàidhlig, © BBC
16 CBBC ALBA, BBC Gàidhlig, © BBC
17 FUNC, The Woven Thread, © John Maher
18 An Iolaire - Bidh Sinn a' Cuimhneachadh, MacTV, © MG ALBA
19 Tha Thu Air Aigeann m' Inntinn, Am Bocsa, © Am Bocsa/MG ALBA
20 An Iolaire - Bidh Sinn a' Cuimhneachadh, MacTV, © MG ALBA
21 Guthan na h-Iolaire, BBC Gàidhlig, © BBC Gàidhlig
22 Sàr-Sgeòil: As the Women Lay Dreaming, Caledonia TV, © MG ALBA
23 Belladrum 2018: Cridhe Tartan, BBC Gàidhlig, © Lynne Goodwin
24 Belladrum 2018: Cridhe Tartan, BBC Gàidhlig, © John Maher
25 Buidheagain, Sorbier Productions Ltd, © Sorbier Productions Ltd/MG ALBA
26 Is Mise Courgette, Solus Productions/Thunderbird Releasing, © Thunderbird Releasing
27 ZOG, Obh! Obh! Productions/Orange Eyes Limited, © Orange Eyes Limited 2019
28 Bannan, Young Films, © Young Films/MG ALBA
29 M' ALBA (designed by Danielle Macleod), © MG ALBA
30 Pro 14 Live Rugby, Nemeton TV, © SNS Group
31 SWNT Scotland v USA, International Friendly, Nemeton TV, © SNS Group
32 Cèilidh na Bliadhn' Ùire, BBC Gàidhlig, © Sean Purser
33 Na Trads, Bees Nees Media, © Louis DeCarlo
34 FilmG, © Stuart Nicol
35 FilmG, © Stuart Nicol
36 FilmG, © Stuart Nicol
37 FilmG, © Stuart Nicol
38 FilmG, © Stuart Nicol
39 FilmG, © Stuart Nicol
40 FilmG, © Stuart Nicol
41 FilmG, © Stuart Nicol
42 Easter Bakers from UGC initative #DisastanoBlasta, © Rosanna Campbell
43 Mairi Beaton, BBC Apprentice, © BBC Academy/Mark Bassett
44 Investors in Young People, © Richard McHale
45 Lewis & Harris Women's Football Team, © Euan MacLeod
46 PACT's China UK Creative Exchange, © Craig Watson
47 Shinty Draw, © Camanachd Association/SNS
48 LearnGaelic Team, © Murdo MacSween
49 Dhan Uisge, BBC Gàidhlig, © BBC/MG ALBA
50 Na Trads, Bees Nees Media, © Louis DeCarlo
51 Bho Chaorain Gu Consoles, Corran Media, © Corran Media/MG ALBA
52 Women's Rugby, © Craig Watson
53 Seòid a' Chidsin, Moja Ltd, © Moja Ltd/MG ALBA
54 Ceòlmhor @ Piping Live!, Bees Nees Media, © Allan MacDonald
55 Dealbhan Fraoich, Caledonia TV, © MG ALBA
56 A' Sireadh Sascha, Sgeul Media Limited, © Mischa Macpherson
57 Na Trads, Bees Nees Media, © Sean Corbett
58 An Lot, MacTV, © MG ALBA
59 Piobairean Lionacleit ann an NY, MacTV, © MG ALBA
60 The One Show, BBC, © John Maher
61 Port, Bees Nees Media, © Bees Nees Media/MG ALBA/TG4
62 SWF Awards Night 2018, © Lorraine Hill / Scottish Women's Football
63 Trusadh - Eileanaich Phagastain, MacTV, © MG ALBA
64 Gaol is Call, HG Productions, © HG Productions/MG ALBA
65 FilmG, © Allan Peebles
66 Nochd, Bees Nees Media, © Kris Kesiak
67 International Women's Day, © Alan Peebles
68 BBC ALBA @ 10, Weekend News, © Craig Watson
69 Steelmen, Purple TV, © PurpleTV/MG ALBA
70 Seirm, Bees Nees Media, © Sean Purser
71 Ceathrar air Chuairt, Magic B, © Bees Nees Media/MG ALBA

Dealbhan de luchd-obrach agus buill MG ALBA – **Richard Campbell agus Malcolm MacLeod**

Taic eadar-theangachaidh – **Anna NicSuain**

Dealbhte le – **Room for Design**

MG ALBA
A' toirt Gàidhlig thugaibh


## MG ALBA

Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD

**01851 705550**
**fios@mgalba.com**
**www.mgalba.com**
**@gaelicmedia**
**facebook.com/gaelicmedia**


## COMHAIRLICHEAN

**LUCHD-LAGHA**
Wright, Johnston & Mackenzie LLP
Kintail House
Beechwood Park
Inverness
IV2 3BW

**BANCAICHEAN**
Royal Bank of Scotland
17 North Beach Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2XH

Bank of Scotland
47 Cromwell Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DE

**LUCHD-SGRÙDAIDH**
Saffrey Champness LLP
Kintail House
Beechwood Park
Inverness
IV2 3BW